



H.M. 298.





Cogadh mòr na h-Eòrpa

BEATHA AGUS
CAITHEAMH-BEATHA
CAMARAN LEES



Agus gabhaibh
clogad
na slàinte.

Iadsan a théid sios
do'n fhairge air longan ;
Chi iadsan gnìomharan
Iehobhah.

Dhia beannaich ar Rìgh

Cò sgaras sinn o ghràdh Chrìosd? *an dean* trioblaid, no àmhghar, no geur-leanmhuinn, no gorta, no lomhnochduidh, no cunnart, no claidheamh?

Ni h-eadh, ach anns na nithibh sin uile tha sinn a' toirt tuilleadh agus buaidh, trìd-san a ghràdhaich sinn.

Oir tha dearbh-bheachd agam, nach bi bàs, no beatha, no aingil, no uachdaranachda, no cumhachda, no nithe a tha làthair, no nithe a tha ri teachd,

No àirde, no doimhne, no creutar sam bith eile, comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhé a tha ann an Iosa Chrìosd ar Tighearna.


Rom. viii. 35, 37-39

Agus chi iad 'aghaidh; agus bithidh 'ainm-san air clàr an eudain.

Taisb. xxii. 4.


Cogadh mòr na h-Eòrpa

BEATHA AGUS
CAITHEAMH-BEATHA
CAMARAN LEES



Printed by OLIVER AND BOYD, Edinburgh, *for*
The Church of Scotland,
The United Free Church of Scotland, and
The Free Church of Scotland

This is a translation of Life and Conduct by the late Sir James Cameron Lees, D.D., LL.D., with some of the details in the original condensed. The numerous quotations from English Poets have not been translated, and instead, carefully selected passages from Gaelic Poets are given. Printed under the authority of a Joint Committee of the Churches, for the use of Highland Sailors and Soldiers in H.M.'s Service.



INTRODUCTION

IT seems a long long time since the thunder of the guns broke the peace of the nations, and the struggle began which will decide the fate of the world. In the hour of battle it was never the way of the Highlander to keep to the back of the fray, and in our day the manhood of the Scottish Highlands has flocked to the colours. In every battle on sea and land our countrymen have borne a noble share. Where men fell thickest, there the tartan gleamed; where the enemy fled, there the piobbrochd thrilled the blood. As the Highland Brigade breasted the slopes of the Alma, stern silence fell on the ranks until Sir Colin Campbell lifted his bonnet and they rushed on the foe with the slogan of victory; but all the glories of the days of old fade before the glory of our day. The mightiest military power in the world burst in mighty flood, wave after wave, seeking to over-

Introduction

whelm that line of soul and iron that barred its way to world dominion, but, before the heroism that never flinched, it broke and wavered and crumbled. In those great hours when the soul of the world was saved, we are proud that our race bore nobly its part. When at Waterloo, Napoleon saw his ranks yield before the onslaught of the Highlanders, he did not restrain his admiration for his enemies, but exclaimed, "Les braves Ecossais"—"Brave, brave Scotsmen." As we think of the men who have died that we may live, what can we say but just that: "Brave, brave Fellow-Countrymen." And we say it with love and tenderness and a great feeling of gratitude in our hearts.

Which to admire most, the men who went forth to face death, or the parents and wives who gave them at their country's call, I know not. There was a boy of eighteen years from the Isle of Skye who gained the D.S.O. at Loos, and who, a year later, was killed. Regarding him the father wrote to a friend:—"His mother and I both know that though our boy had been spared to the threescore years and ten, he could never have achieved anything greater or nobler than he

Introduction

achieved dying." And that was the spirit of all our Highland people. In no part of the British Empire has there been more losses of brave men than in the Highlands, but the sorrowing hearts are sustained by the overshadowing God. In these days men and women into whose hearts the iron has pierced are realising, as never before, "The Comforter which is the Holy Ghost."

It was to keep our men at the front in living touch with that life of the Spirit, which is the inheritance of their race, that a small Committee was formed in Edinburgh to supply them with Gaelic devotional literature. There was but little available of suitable form, so books were translated, or edited, representing what is best in the religious literature of the Gael. The burden of the work fell on the Rev. Donald Maclean, Free St Columba Church, Edinburgh, and the Rev. Malcolm MacLennan, D.D., St Columba U.F. Church, Edinburgh. To them the Highland sailors and soldiers owe the booklets which brought the message of the Everlasting Gospel in the language they love. They will not lose their reward.

Those who undertook the work of sending forth

Introduction

the booklets will be amply rewarded if through the printed word there may come to the sailors on the deep or the soldiers in the trenches the fuller sense that God is with them. This terrible scourge of War has not been^{*} sent without a purpose. It is in the night that the stars arise and shine, and it is in the day, dark with affliction, that the vision of God arises on the soul. We had given ourselves to pleasure and to Mammon and were forgetting God, but our laughter has been hushed and our Mammon seen to be dross when the great and terrible day of the Lord dawned. We have learned once more through blood and tears that nothing is of any value in the world except to love God and to serve Him. There has come a new sense of the value of the power of prayer. We have cried to God like our fathers of old and He has heard us. At Bannockburn six hundred years ago, the Scots "full devoutly knelt down to pray; and a short prayer they made to God to help them in that fight." They prayed and they conquered. Thus has it always been. If, at the front, the men have prayed, at home prayer has ascended without ceasing. At the hour of worship, in the stillness of the quiet glen, the prayer has risen to the Father that the sons far

Introduction

away might be shielded from the enemy of the body and the enemy of the soul. And because of these prayers in the Church and the home, the hearts of our soldiers have been garrisoned by the Spirit of God. They have not been forsaken nor have they been overwhelmed, and at last victory will be theirs.

When the battle for the soul of the world has been gained and the great army comes home again, it is our hope and our confidence that the men who have faced death for freedom and righteousness will, in the after days, prove themselves good soldiers of Jesus Christ. There will come, through this great visitation of God, many changes. Evils which have gnawed like a canker at the heart of the nation, we must destroy. The places which have been solitary and desolate must again be peopled. The altars of our God must again be reared in our homes. And it is the men who have looked death in the face, and have saved the Empire on the battle-field, who shall lead the nation hereafter into the promised land of love and righteousness. But there will be no promised land for any except for those who see the ancient guiding fires burn and shine, leading them on.

Introduction

Our prayer at home for the men at the front is just this, that their eyes may not grow dim to the vision of God, and that, in life and death, the Everlasting Arms may be around them, and that, at last, should God spare them to come home, they may set themselves to establish the Kingdom of God and build up Jerusalem in this our beloved land.

NORMAN MACLEAN.

EDINBURGH,

November 1916.

A sheòldairean agus a shaighdeirean Gàidhealach !

ANN an ainm an Tighearna Iosa Criosd, Prionnsa na sìthe, tha sinn a' cur fàilte oirbh.

Mar chinn-suidhe thrì eaglaisean a tha searm-onachadh an t-soisgeil anns a' Ghàidhlig, dh' -iarradh sinn a dheanamh dearbhta dhuibh gu bheil ùrnuighean ar coimhthionalan a ghnàth a' dol suas as bhur leth. Gu 'n robh Dia 'n a sgiath dhuibh ann an là a' chunnairt, a' tabhairt duibh foighidinn agus neart an làithean feithimh agus faire, buaidh ann an là a' chatha, agus gu 'n gabhadh e thuige féin sibh an uair a' bhàis ! An lorg bhur fulangais agus bhur féin-iobradh gu 'n robh sìth le ceartas air a stéidheachadh air an talamh, an ùin gun a bhi fada !

Cha 'n 'eil ceàrna de 'n t-saoghal air nach do dhrùidh fuil uasal nan saighdeirean Gàidhealach, anns na làithean a dh'fhalbh, 's iad a' cathachadh as leth rìgh agus dùthcha. Thug sibh dearbhadh mu thràth, anns a' chogadh so, gur mic sibh a tha airidh air cliù bhur sinnsireachd. Tha sinn a' toirt buidheachas do Dhia air bhur son. Ma

thig a' ghairm oirbh gu triall as a so, cuiribh bhur n-aghaidh air a' bhàs mar dheagh shaighdeirean Iosa Crìosd ; ach ma 's e rùn an Tighearna, sibh a thighinn dachaidh fa-dheòidh gu bhur tìr agus bhur dàimhean caithibh aimsir bhur beatha mar dheagh shaighdeirean Iosa Crìosd.

Mar dhuinne is amhluidh dhuibhse, cha 'n 'eil ann ach aon tearmun, eadhon Dia. A mhàin cuireamaid so 'n 'ur cuimhne :

'S fearr na bhi 'g earbs' á duine beò
Ar dòchas chur an Dia ;
'S fearr na bhi 'g earbs' á prionnsaibh mòr
Ar dòchas chur 's an Triath.

Is sinn,

bhur seirbhisich anns an Tighearna Iosa Crìosd.

David Paul, D.D., LL.D.

Ceann-suidhe Eaglais na h-Alba.

Alex. R. MacLennan, D.D.

Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir Aonaichte.

I. MacDonald.

Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir.

Clar-innsidh

TITLE.	PAGE
Clùt	I
Soirbheachadh	7
Buaidh Phearsanta	14
Càirdean	19
Airgiod	24
Tìm	28
Misneachd	31
Slainte	36
Dùrachd	41
Modh	45
Sèimheachd	48
Ath-ùrachadh	52
Leabhraichean	55
An Dachaidh	59
Eaglais	64
An Saor-Dhuine	68

CLIÙ

ANN a' gnàthachadh na beatha tha na h-uile nì an crochadh air cliù.

Ciod e cliù? Ciod tha sinn a' ciallachadh leis? Le cliù tha sinn a' ciallachadh an duine mar tha e, aig cùl uile ghnìomharan agus allaidh agus beachd an t-saoghail air, ann a' dearbh dhoimhneachd a bhith, ann a' fianuis Dé, “dha bheil uile chridheachan follaiseach, uile iarrtasan aithnichte, agus bho nach 'eil nì sam bith folaichte.”

Tha e air aithris mu'n bhàrd Burns, air dha a bhi ag imeachd air sràidean Dhun-éideann comhla ri companach inbheach, gu'm fac e duine dhe'n dùthaich ann a' culaidh bhochd, dh'ionnsuidh an do ruith e a chuir fàilte chridheil air mar aon de dhilsean. Bha iongantas air a chompanach gu'n islicheadh am bàrd e fhéin gu labhairt ri neach ann a' culaidh cho bochd. “Amadain,” ars' am bàrd, agus a shùil a' lasadh, “cha b'e a chulaidh,

Cliù

am boineid gorm no a' bhalla-bhreac ris an do bhruidhinn mi, ach an duine leth a stigh—an duine aig a bheil ceann fo bhoineid, agus fo'n bhalla-bhreac aig a bheil cridhe mìle uair na's fheàrr na d' fhear-sa." A nì ris an d'thubhairt am bàrd "duine leth a stigh," ris an abair an sgrìobtuir "duine folaichte a' chridhe," is e sin cliù—an duine da-rìreadh. A nis tha cóig nithean a dh' fheumas sinn a chumail air chuimhne mu chliù.

I. *Tha cliù a' fàs.* Mar tha an duine o leth a muigh a' fàs, is amhluidh tha an duine o leth a' stigh fàs—fàs o là gu là aon chuid ann am maise no mi-mhaise. Tha sinn a' fàs, mar tha na làithean agus na bliadhnachan a' dol seachad, gu bhì mar bhios sinn anns na tha romhainn 'sa' bheatha so, agus aig a crìoch. Chunnaic thu anns a' gheamhradh an stob-reòdhta ri anainn an tighe. Tha e a' fàs, boinne air bhoinne, agus ma tha an t-uisge soilleir, bidh an caisean-reòdhta glan agus a' dealradh 'sa' ghréin; ach ma tha an t-uisge salach bidh a' cluigean-eighe so salach agus a mhaise air a truailleadh. Mar sin e d'ar cliù; oir tha bhuidh féin aig gach smuain agus mothachadh. Ma tha na smuaintean agus na mothachaidhean sin glan agus ceart, bidh an cliù taitneach agus a' deàlradh soluis; ach ma tha iad salach agus olc, bidh an

Cliù

cliù suarach agus duaichnidh. Tha faoin-sgeulachdan a' deanamh iomradh air caistealan air an togail a dh'aon oidhche le làmhan neo-fhaicsineach, ach cha'n'eil sin leth cho iongantach ris na tha dol air aghaidh anns gach aon againn a là 'sa' dh'oidhche, a shamhradh 'sa gheamhradh, air cùl luibh-sgàile ar beatha. Tha àirde a' dol ri àirde tighe ar beatha; tha deagh-bheus a dol ri creidimh, agus ri deagh-bheus eòlas, agus ri eòlas gràdh bràthaireil, agus ri gràdh bràthaireil seirc; air neadh mìodhoireachd ri féineachas, agus sannt ri mìodhoireachd, agus tha neo-ghloine, gamhlas agus fuath 'nan sreathan anns an aitreabh. Tha bothan duaichnidh, togail bhoichd, shuarach, bhreun ag éirigh an taobh a stigh dhinn, agus an uair tha luibh-sgàile ar beatha o leth a muigh air a toirt air falbh, 'se so a chì sinn.

II. *Tha cliù neo-eisimeileach air meas agus cor.* Faodaidh meas ro mhòr a bhi aig an t-saoghal air duine nach 'eil thaobh a chliù ach 'na chreutair anabarrach truagh. Bha an duine saoibhir 'sa' chosamhlachd maith dheth, agus ma dh'fhaoidhte, air a ghabhail am mòr mheas leis an t-sluagh, ach 'se thubhairt Dia ris, amadain. So agad fear a tha ion-mholta am fianuis dhaoine, ach 'na theaghlach féin tha e mìodhoir, mosach. “Rùisg dhiubh an

Cliù

aodach cogaidh,” arsa Diùc Wellington, “agus is iomadh balach breàgh nach bi ach ’na fhìor ghealtair.” Cha ’n fheum sinn breth a thoirt air duine a réir aodaich. Ach “ged nach duine an t-aodach, cha duine a bhios as eugmhais,” agus *ann an tomhas* tha duine coltach ri dhreach. Bidh cnapan cruaidh air dòrn an oibriche, agus air a bhathais aithnichear am fear-smuaineachaidh domhain. Tha an t-sùil ghlan, an ceum smiorail, agus an aghaidh fhìnealta ’nan dearbhadh air anam glan agus maith, a stigh. Ach faodaidh ar *beachd a bhi tric mearachdach*. Oir is minic tha cridhe blàth ann an cruth fuar, agus teò-chridheachd ’san duine ghruamach.

III. *Cha’n fholaichear cliù a ghnàth*. Tha cuid ann a tha an dùil gu’m faod iad a bhi aon nì ’na’ cridhe agus nì eile ’san t-saoghal, aon chliù agus ainm eile; gu’m faod iad a bhi uaibhreach agus fo ainm a bhi iriosal; nì iad breug gidheadh tha ainm aca a bhi fìrinneach; tha iad neo-ghlan, agus fo mheas a bhi beusach. Ach cha mhair am mealladh so, oir reubair an cidhis dhiubh, agus chithear an aodann foidhe. (1) Leigidh tìm ris cliù. Uair no uair-eiginn gheibhear a mach an gealtair ’san arm no am meirleach ’san oifig, agus bidh iad air an comhdach le nàire. (2) Foillsich-

Cliù

idh bròn cliù. An uair bhuaileas àmhgharan na beatha air daoine, chithear ciod e ghné dhaoine iad, mar chithear an geamhradh na beatha ciod e ghné cliù a bha air cùl duillich an t-samhraidh.

(3) A nì nach dean tim no bròn a thoirt gu follais, taisbeinidh an t-siorruidheachd. An sin bidh cuid a bha air thoiseach san t-saoghal, air dheireadh, bidh binn an t-saoghail air cuid air a tilgeil bun os cionn; ann a' sin bidh breth air toirt a mach oirnn a réir mar tha sinn.

IV. *Is e cliù a mhàin a mhaireas.* A nì a tha aig duine fàgaidh e as a dhéidh; a nì a tha an duine bheir e comhla ris. Thuig Alasdair Mòr agus Saladin Mòr so. Rùisgidh am bàs daoine de ghlòir is de ghoireasan an t-saoghail. Ach faodaidh daoine ionmhais a thaisgeadh suas annta fein nach truail leòmann no a' mheirg, agus nach goid na meirlich.

Biodh t' inntinn àrd os cionn nan speur,
Cha'n'eil fo'n ghrein ach pòrsan truagh;
Mar tholman ùire faic an saoghal,
Is daoine mar sheangain air mu'n cuairt:

A null 'sa nall gun fhois gun tamh
A' cruinneach' as gach àit d'an cist,
Gu lionmhor marcachd thar a chéil',
'Sa' trod gu geur mu bhioran brist'

Cliù

'N uair chì thu 'n sealladh so de'n t-sluagh,
Do smuainte cruinnich riut gu léir,
A shealbhach' saobhreis, sonais, 's sìth,
Air nach tig crìoch ad anam féin.

DUGHALL BOCHANAN.

V. *Is e a' cliù as àirde a' cliù Crìosduidh.* (1)
Tha Crìosd 'na fhear-tabhairt cliù uasal. Tha e
'na nì comasach a bhi ann a' Crìosd mar tha gheug
anns a' chraobh, agus an uair a thachras sin, bidh
beatha Chrìosd a' siubhal annainn, thig atharrach-
adh air ar cliù; bidh sinn air ar n-ath-nuadhachadh
'san duine leth a stigh; theid na seann nithean
seachad, agus bidh na h-uile nithean nuadh. Oir
's Crìosd bun a' chliù as àirde agus as uaisle. (2)
Is e Crìosd mar an ceudna riaghailt dhearbhta air
cliù uasal. Annsan tha air fhaotainn an dealbh
inntinn as urramaiche a tha fa chomhair daonn-
achd: àirde lànachd Chrìosd." Is iadsan as feàrr
tha ann, as faisge thig air a' riaghailt dhearbhta
so; agus is e iadsan as faisge thig air as feàrr a
chinnicheas 'sa' bheatha so.

SOIRBHEACHADH

CìOD e soirbheachadh 'sa' bheatha so? Faodaidh freagradh bhi air a' chur mar so: dh'fhaotainn uiread de shonas 'sa tha e'n comas do dhuine shealbhachadh 'san t-saoghal so. Ann a bhi cothromachadh soirbheachaidh tha dà nì bu chòir a bhi 'san amharc:—

I. *Soirbheachadh mòr a réir cuid, 'san t-seadh as àirde is mi-shoirbheachadh mhòr e.* A réir cuid, tha soirbheachadh a' co-sheasamh ann a bhi faotainn teachd-an-tìr, feumalachd, no saoibhreas; ach faodaidh duine iad sin uile fhaotainn, agus nach do shoirbhich leis. Ma fhuair e iad aig cosd a shlàinte, no le droch innleachdan no le braid, cha'n abair gu fìrinneach gu'n do shoirbhich e. Ged chosnadh duine an saoghal uile agus anam féin a chall, is cinnteach nach do shoirbhich leis.

II. *Mi-shoirbheachadh, a réir cuid, 'san t-seadh as àirde, is fìor-shoirbheachadh e.* Tha so fìor mu ar Slànuighear beannaichte. Bha a bheatha

Soirbheachadh

air a' caitheamh ann am bochdain, agus air a criochnachadh ann an dorchadas. Chuir iad crùn droighinn m'a cheann, bhuail iad le 'm basaibh e, agus thilg iad smugaid air; gidheadh b'e uair àrd-bhuaidh an uair 'san do chròm e cheann air a' chrann. Chrìochnaich e an obair a thugadh dha r'a dheanamh. De shaothair anama chunnaic e, agus bha e toilichte.

Tha nithean àraidh ann a chuidicheas le soirbheachadh beatha:—

A' cheud nì is e dìchioll. Tha e, gun amharus sam bith, cho fìor an diugh 's a bha e an làithean Sholaimh: “nì làmh nan dìchiollach beartach.”
(a) Tha cuid ann dhe'n bheachd nach ruig iad a leas saothair chruaidh a dheanamh, ach an taic a leigeil air an tàlannan nàdurra agus air a comas-inntinn. Cha dean a bhi clis, no mòr-cheud-fathan, soirbheachd, gun chnuas, oir theid dìchioll thar tàlann.

Cuimhnich air cnuasachd na gràineig,
Guais do d' thionail bhith mur bhid,
Nì bheil ach pian do d' anaman,
Na iarr barr na talmhainn trid.

SEANN LAOIDH.

(b) Tha cuid eile an dùil nach 'eil an soirbheachadh ach a' nì tha 'n dàn dhaibh, agus nach

Soirbheachadh

urrainn dhaibh a sheachnadh, agus gur aon nì e dhaibh leisge no dìchioll co dhiù tha an cor soirbh no doirbh. Is fada bho'n fhirinn so, oir tha e an comas an duine gach cnap-starra a chur as a rathad, mur taisich e agus mur teid e am breislich fa chomhair fuathais. An aghaidh gach uile dhuilicheadas chathaich uile dhaoine mòra agus ainmeil, agus fadheòidh choisinn iad a' bhuaidh.

A dh'aindeoin aon fhuathas 'gam faic sibh,
Na meataicheadh gart a' chuain sibh :
Ma ni sibh cothacha ceart,
'S nach mothaich an fhairge sibh dìblidh,
Gu'n islich a h-àrdan 'sa beachd,
'S gar cothacha sgairteil gu'n strìochd i.

MAC MHAIGHSTIR ALASDAIR.

(c) Cha tig soirbheachadh gun spàirn chruaidh agus saothair mhòr. Cumaidh obair duine slàn agus sona, agus ciallach, oir 'se 'm fear a bhios 'na thàmh a chuireas na cait 'san teine. Tha iomadh beannachd air a ghealladh do dhìchioll, ach aig leisg cha'n'eil aon ghealladh maith. Tha Dia féin ag obair, agus is àill leis gu'm biodh a chlann ag obair.

An dara nì is e rùn sònraichte. Faodaidh fear a bhi ruith agus “fallas mala bras chnapa gu làr” dheth; ach ma tha e a' ruith bho'n cheann-crìche

Soirbheachadh

dè feum a nì sin dha. A' mhuinntir a shoirbhich roghnaich iad an cùrsa agus chùm iad rithe.

Feith gu foighidneach ri thìm-san,
'S imich dìreach réir a reachda ;
Ruith do réis le faire 's dìchioll—
'S ann le strì a nì thu streapadh.

BEAN TORRA DHAMH.

(a) Tha ròghainn cùrsa no ceaird 'na nì ris a bheil soirbheachadh beatha crochta ann an tomhas mhòr. Dh'fhàilnich iomadh neach 'sa' bheatha so, a chionn gu'n do roghnaich iad obair ris nach robh iad, air aon chor, freagarrach. Roghnaich dhuit féin an obair sin nach 'eil an aghaidh do chuilg. (b) Ge b'e nì a roghnaich thu lean ris. "Aon nì a ta mi a' deanamh." Is maith a' riaghailt i so. Oir cha chinn feur air a' rathad mhòr, no còinneach air a' chloich a bhios 'ga sìòr ghluaisead. Am fear a bhios greis ris a h-uile dad, cha shoirbhich leis an dad idir. "Bheir e buille 's gach aon chraoibh, s gun chraobh idir a leagadh." (c) Mar is àirde ar rùn 's ann is mò air a' ruig sinn. Cha do chrìochnaich obair gu cothromach riamh nach do chrìochnaich i 'n toiseach 'na inntinn. Aig dol a mach na beatha, uime sin, bu chòir dhuinn a nì a dh'ìarradh sinn

Soirbheachadh

i bhith a chuir romhainn. An deidh urnuigh ri Dia, dean spàirn chruaidh airson a nì dh'iarradh tu do bheatha a bhi.

An treas nì is e cliù beusach—ionracas, fìrinn, seasmhachd, stuamachd. Nì a' ghaoid as lugha 'sna beusan, uair no uair-éiginn, long-bhriste dhe'n bheatha; oir cuiridh toll beag fo shàl an long mhòr. Is duine gun fhiù, araon fa chomhair Dhé is dhaoine, an duine mì-dhileas.

An nì m'a dheireadh dòchas a' chreidimh. (a) Faodaidh ar dìchioll, ar rùn, agus ar fàth bhi dìongmhalta, gidheadh “nach ann do na daoineibh luatha a tha an réis, no do na daoineibh treuna an cath.” Ach an uair tha sinn a' call na réise, agus tha cath a dol 'nar n-aghaidh, cuireamaid ar n-earbsa ann an Dia, agus an dòchas maith a tha teachd bho so, bheir e spionnadh nuadh dhuinn ionnan 's nach bi sinn gu tur air ar leagadh sìos le diobhail misnich. (b) Os cinn na h-uile nì tha creideamh ann an Crìosd éigneach chum soirbheachaidh; oir is so a nì, an uair nach 'eil 'san t-saoghal so ach comhfhurtair bochd aig a bhàs, a thilgeas deàrsadh blàth na glòire thairis air an t-sealladh dhorcha mu'n cuairt, agus a leigeas ris dhuinn crìoch àraidh cruthachaidh an duine. Ach tha na teagasgan a tha air thoiseach air so

Soirbheachadh

againn gu ro-shoilleir anns a' laoidh bhreàgh so
a leanas :—

Trom fo nèul ged bhiodh do chridhe,
Cum, mo bhràth'r, do mhisneach suas ;
Stiùraidh réul-an-iùil thu 'd shlighe—
Earb á Dia 's gu h-ionraic gluais.

Ged robh 'n rathad fada, cianail,
Is a chrìoch am falach uait,
Coisich e gu sunndach, ciallach ;
Earb á Dia 's gu h-ionraic gluais.

Sìos gach eucoir 's obair fhealltach ;
Sìos na bheir do'n t-solus fuath !
Co-dhiùbh 's buidhinn duit no call duit,
Earb á Dia 's gu h-ionraic gluais.

Na cuir d' earbs' an ceannard pobuill,
Aidmheil creud, no comunn sluaigh,
Ach an smuain, an gnìomh, 's am focal,
Earb á Dia 's gu h-ionraic gluais.

Na cuir earbsa ann ad mhiannaibh,
Ri'n guth binn na aom do chluas,
No droch nòs, ged chleachdteadh riamh e—
Earb á Dia 's gu h-ionraic gluais.

Riaghailt shoilleir, stiùradh cinnteach,
Suaimhneas-inntinn, neart 's gach uair ;
Reul o'n àird air slighe 'n t-simplidh—
Earb á Dia 's gu h-ionraic gluais.

Soirbheachadh

Cuid bheir gaol duit, cuid bheir fuath dhuit,
'S cuid ni tionndadh uait gu fuar ;
Tog do shùil gu buileach uapa—
Earb á Dia 's gu h-ionraic gluais.

Dr TORMOID MACLEÒID.

BUAIDH PHEARSANTA

THA a leithid a cheangal eadruinn uile agus nach'eil ni sam bith a nì sinn nach fàg a lorg air muinntir eile. Dìreach mar a shiubhlas tonn air thonn bho'n phlumb a ni a' chlach a thilgear 'sa' loch gus am bris iad air cladach fad air falbh, is amhuil sin tha buaidh ar beatha a' dol fad thairis air na 's aithne dhuinn, no smuainich sinn.

*Tha buaidh de dhà sheòrsa, Dìreach agus Neo-dhìreach—Fiosrach agus Neo-fhiosrach—*Is e tha 'sa' cheud tè toradh oidhirp a ni sinn, ach tha an dara tè a' deàrrsadh uainn. Tha 'n Sgriobtuir a' cur na dhà fa'r comhair gu soilleir anns na h-earrannan so: “Geuraichear iarunn air iarunn, agus geuraichidh duine gnùis a charaid. Mar ann an uisge a fhreagras aghaidh do aghaidh, mar sin freagraidh cridhe duine do dhuine.” Mar ni an t-iarunn iarunn eile gheurachadh, mar sin, geuraichidh, no cuiridh tu cumadh air duine 'eile a

Buaidh Phearsanta

réir do rùin, le oidheirp, agus le comhairle. “Mar ann an uisge fhreagras aghaidh do aghaidh,” so a’ bhuidh a tha againn air muinntir eile, gun fhios dhuinn fhéin.

I. *Buaidh dhìreach no fhiosrach.* Tha dòigh-ean anns a’ feud so a bhi deanta:—(a) A’ cumail feadhainn eile air an t-slighe cheart. Tha e mar dhleasanais oirnn a’ mhuinntir a chì sinn air an t-seachran, an t-slighe cheart a nochdadh dhaibh. An uair a chì sinn daoine a’ gabhail ri droch chompanaich, no cleachdaidhean neo-bheusach, no beachdan baoghalach ‘se ar dleasanais tagar riu an deagh àm. Cha bhi so air a dheanamh gu h-éifeachdach gun ùrnuigh an toiseach ri Dia, oir is esan a bheir, “focal ’na thràth, cia maith e.” Bu mhaith dhuinn, cuideachd, cuimhne a chumail air an t-sean-fhocal: “abair gu beag ’s abair gu maith.” (b) Tog do ghuth an aghaidh an uilc. Tha e air a chuir sìos ann an Lebhiticus—Agus ma pheacaicheas anam, agus gu’n cluinn e guth mionnachaidh, agus gur fianuis e, a chunnaic no is fiosrach air a’ chuis, mur cuir e’n ceill i, an sin giùlainidh e a chionta. A bhi balbh, bodhar, an éisdeachd sgeula shalaich, no gnìomh olc, gun ar guth a thogail gu duineil, fearail, ann an gràin d’a leithid sin, cha bhi duine maith sam bith. Tha

Buaidh Phearsanta

e mar fhiachan air uile Chriosduidhean labhairt a mach an aghaidh an uilc. (c) Gabh pàirt ann an oibrichean Chriosduidh agus fhiùghantach. Cha b'ann le comunn dhaoine, ach le daoine fa leth a chaidh gnìomharan mòra riamh a dheanamh. Tha cothrom ann dha na h-uile fear, cnuasach le thaland féin, dh' aindeoin cho beag e.

II. *Buaidh neo-fhiosrach.* (a) Beachdaich air buaidh *seallaidh*. “Dh' amhairc an Tighearn air Peadar.” Rainig an sealladh a chridhe, agus “chaidh e mach agus ghuil e gu goirt.” Tha gnùis cuid a' cur an céill d' an t-saoghal am beatha dhiomhair agus spioradail maille ri Dia. (b) Smuainich air buaidh *fiamh-ghàire*,—bho charaid 'na thigh, no am muigh. Tha cuid ann agus tha an giulain cho cùbhraidh ris na sìtheanan. Lionaidh e, mar rinn am bocsa a bhris an té eile “an tigh gu léir.” (c) Smuainich air buaidh *co-fhaireachaidh*. A' gnìomh beag, caoimhneil, dhe nach do shaoil thu nì, faodaidh e buaidh mhòr a bhi aige air muinntir eile, a' fosgladh sìos 'nan cridhe tobraichean dheagh-fhairichean. (d) Smuainich air buaidh *eisiomplair*—beatha ionraic athar no máthar, bunailteas an t-saighdeir, cliù glan an oibriche am measg a chompanach, no a' ghille anns a' sgoil—cha'n'eil teagamh nach dearg

Buaidh Phearsanta

e air càch. Fàgaidh beatha mhaith an ionracain, gu samhach, a lorg air muinntir eile. Tha so uile a leigeil ris dhuinn (1) ar freagarrachd do chach a chéile. Ma their thu “am mise fear-gleidhidh mo bhràthar?” Is e am freagradh nach urrainn dhuit sin a sheachnadh. Cha’n urrainn dhuinn a bhi beò idir gun fhàile cùbhraidh, no chaochla, a bhi ag éirigh suas de ar beatha gu bhi laighe air muinntir eile chum am maith no an cron. Uime sin :—

Cuimhnich sìor-thadhal an Teampuil,
'S na cuir do theann-gheall san eucoir,
'S na tugadh ort òr na beatha
Mionnan eighich thabhairt air eudail.

Ma chluinneas tu fannsgèul air fàn,
Na cuir do leith-làmh 'na luib ;
Na bi ad urrainn anns a' bhréig :
Leig an sgeul ud seachad sud.

Bi ceutach macanta air t' eòlas¹
Na tog trogbhail² air t' aineail ;
Na h-abrar gu'n d'dhiùlt thu còir
Na h-ob agus na h-iarr onoir.

SEANN DÀN.

(2) Ar comas caoimhneis. Tha cuid dhe 'n bheachd mur 'eil gibhtean sònraichte aca nach 'eil

¹ .i. air muinntir t' eòlais.

² .i. tuasaid.

Buaidh Phearsanta

feum annta 'san fhion-lios. Is ceap-tuislidh so do mhòran a dh'fhaodadh a bhi feumail ann am beatha threibhdhireach nan gràs. Cha'n urrainn do neach sam bith a bhi beò dha féin a mhàin. (3) 'Sann le bhi maith a nithear maith leinn. Ma tha Criosd annainn deàrrsaidh a sholus a chum maith thall 'sa bhos. As a' bheatha tha aige "sruthaidh aibhnichean de uisge beò."

CÀIRDEAN

Is e tha sinn a' ciallachadh le càirdean *a' chuid de ar luchd-eòlais is faisge air an tig sinn*. Tha eòlas againn uile air mòran sluaigh dhe gach seòrsa agus staid, ach tha beagan diubh ris a' bheil sinn an dlùth-chàirdeis mar nach 'eil sinn ri càch. Is ann mu na fìor chàirdean so—càirdean broillich air a labhair sinn.

Is e so companach an àigh,
An companach a b'àill leam féin ;
Am fear a bheireadh dhomh gu saor,
'S d' an taomainn mach mo chridhe féin.

D'an innsinn-sa gun sgàth gun fhiamh,
Gach iomagain dhian a bhiodh g' am lèir,
A bheireadh comhairle orm le gràdh,
'S ri càch nach labhradh nì mu dhe'nn.

BÀRD LEDAIG.

Ann a' Crìosd chithear càirdeas dìongmhalta.
Is Esan an àrd-eisiomplair ann a' chairdeas. “A

Càirdean

nis b'ionmhuin le Iosa Marta, agus a piuthar, agus Lasarus." Bha cuid de na deisciobuil a thug e na b'fhaisge air fhéin na càch. B'iad sin Peadar agus Seumas agus Eoin. Chunnaic agus chuala iad nithean air nach d'rainig càch, agus bha aon diubh so féin a b'ionmhuin le Iosa." A nis tha Iosa 'ga thairgse féin dha gach aon againn mar charaid. "Is sibhse mo chàirdean-sa, ma ni sibh gach nì a ta mi ag àithneadh dhuibh."

(a) Tha ar càirdeas *a' dearbhadh ar cliù*. Chì cairdean fiù a chéile; agus "aithnichear duine air a chuideachd." Ma tha ar companaich 'nan daoine gun diù, their an saoghal gur daoine gun diù sinn fhéin. Mar is miann leinn, uime sin, deagh theisteanas a chosnadh, feumaidh sinn a bhi ro fhaicilleach ann a' roghainn chàirdean agus dlùth chompanaich. Oir "aithnichear fear doimeigh air na sràidean."

(b) Tha cumhachd sònraichte aig caraid *ar cliù a dhealbh*. Roghnuich deagh chompanaich agus bidh thu dhiubh; agus air a' làimh eile ma bhios tu fad am measg nan amadan, 'na t-amadan bidh thu. Tha Solamh ag radh: "Geuraichear iarunn air iarunn agus geuraichidh duine gnùis a charaid." A rìs tha e sgriobhta: "truailidh droch chomhludair deagh bheusa." Seachuin an droch chompanas

Càirdean

air an d'rinn iomadh gille suairce long-bhrìst de dheagh bheusa.

Ged bhiodh tu air do tholladh leis an acras
Na teid comaidh ris a' chù ;
Is an t-aran a dheanadh Moireach
Bh'inn coma dha co-dhiùbh.

Urr. LACHLAN M'COINNICH.

Ach “feumaidh am fear aig am bi càirdean, càirdeas a nochdadh.” I. A thaobh chàirdean, bu chòir dhuinn a bhi (a) *mall 'gan deanamh* agus (b) *mall 'gan tréigsinn*. Bu chòir do dhorus ar càirdeas a bhi cumhang, anns am biodh dearbhadh aig a starsach, mu's leigeadh sinn neach sam bith a steach. Mar tha an sean-fhocal 'ga chur : “abair sin dar a chaitheas tu cruaidh mhòine còmhla ris.” 'Nuair a tha càirdeas eatorruinn bu cheart e bhi daingean. Is e dìlseachd smior-chaillich a' chàirdeis—dìlseachd am focal is an gnìomh ; agus “am fear a ghleidheas a theanga, gleidhidh e a charaid.”

II. Cha bu chòir dhuinn a dhol an càirdeas ri muinntir aig a bheil *beachd as lugha air a' chòir na sinn fhéin*. Tuigidh sinn uile ciod a tha air a chiallachadh le prionnsabal. Tha laigsichean dhaoine draghail, ach tha cion prionnsabal cunnartach. Agus mar “dh' aithnichear an leòmhann

Càirdean

air sgrìob de ìnean” aithnichear so air focal no gnìomh. Bu chòir dhuinn am fear so a chuid-eachadh no threòireachadh, ach a sheachnadh mar charaid.

III. *Bu chòir comh-ionnnas a bhi ann an càirdeas.* Tha e iomchuidh gu’n roghnuicheadh sinn càirdean am measg leithidean a chéile, agus cha’n ann dhiubhsan a tha na’s àirde no na’s ìsle an crannchur no sinn fhéin. Tha cunnart a bhi brosglach ris a cheud chuid agus oilbheumach ris a’ chuid eile. Tha am fìor chàirdeas saor o’n dà nì so.

IV. Cha bu chòir dhuinn caraid a dheanamh dhe ’n fhear tha *mi-urramach do nithean naomha*. Na leagamaid ’nar comhairle an t-as-creidmheach no fear àicheadh Dhé. “Cha’n’eil e glic,” arsa duine mòr, “earbsa chur ann an duine nach ’eil a’ creidsinn ann an Dia, no am beatha air taobh thall a’ bhàis.” Bu chòir dhuinn roghainn a dheanamh dhiubhsan a rinn roghainn de’n chuid mhaith agus bidh buaidh mhaith aca oirnn. So agaibh cliù fìor charaid a réir a bhàird:—

Bhiodh do chomhairl’ an comhnuidh,
Le do chobhair ’s do chòmhaidh,
Do luchd-gabhail na còrach,
Réir ’s mar sheòladh tu féin.

Càirdean

Dheanadh tu 'n t-aindeonach deònach
Is an t-aineolach eòlach—
'S b'e fìor shonas do bheòlainnd,
Bhi tabhairt còrr dhaibh do léirs'.

Bha thu caomh ri fear feumach,
Bha thu saor ri fear reusont',
Bha thu aodanach, geurach,
Mar chloich, ri eucoireach cruaidh :
Bu tu 'n tabhairteach maoineach.
Bu tu 'n labhairteach saothrach,
Bu tu 'n comhairleach tiomail
'S crìoch a' ghaoil ann ad fhuath.

ROB DONN.

AIRGIOD

I. *Cha'n'eil airgiod ann fhéin aon chuid olc na maith.* Is ann 'na chosnadh no chaitheamh tha an t-olc na maith, dìreach co dhiubh tha e air fhaotainn gu h-onarach na mì-onarach, no air a sgapadh gu cronail, no air a thiodhlacadh gu feumail. Mun airgiod labhair am bàrd mar so:—

Gun bhi ro chaiteach, no 'nam dhaolaig,
Cruinneach' òir, no 'ga sgaoileadh;
Ma gheibh mi biadh, teine 's earradh,
Tha mi toilichte dhe'n t-saoghal.

FEAR SRATH-MHATHAISIDH.

(a) Tha e soilleir dha na h-uile neach gu bheil cumhachd aig airgiod chum maith. Ni e daoine neo-eiseamaileach, agus comasach air cuideachadh le co-chreutairean agus comhfhurtachdan fhaotainn nach biodh, dh'easbhuidh airgid, 'nan comas. (b) Tha e cheart cho soilleir gu bheil e 'na chumhachd uilc. Bho dhroch fheum deth tha mòran de dh' eucoir, de pheacadh agus de bhròn an t-

Airgiod

saoghail ag éirigh. “Oir is e gaol an airgid,” ars Sgriobtuir, “freumh gach uilc.” Cruaidhichidh e anam an duine.

II. *Tha ar dàimh ri airgiod 'na dhearbhadh air ar cliù.* Mar is aithne dhuinne cionnus a fhuair agus a chaitheas duine a chuid, is aithne dhuinne an duine e fhéin. Tha na h-uile bheusan agus mi-bheusan co-cheangailte ri airgiod. Tha ar tional agus ar sgaoileadh maoin na sgàthan anns am faic sinn ar moraltachd.

III. *Tha nithean ann is fheàrr na airgiod agus nach ceannaich airgiod.*

Gach nì tha cliùtach agus àrd
Dean dìchioll air a shealbh;
Mar lòchran laiste suas le gràdh
Biodh t' imeachd glan gun chealg;
Le eòlas ceart biodh t' anam làn,
'S do ghnìomharan gun chearb,
Sin agad ionmhasan nach tràigh,
'S maise gu bràth nach searg.

NIAL MACLEÒID.

(a) Is fheàrr ionracas na airgiod. Ma choisneas duine saoibhreas air chost ionracais tha e pàigheadh cus air. (b) Is fheàrr dachaidh na airgiod. Ma chailleas duine gràdh teaghlaich 'na chabhaig gu bhi saoibhir, tha e pàigheadh cus. “Cuimhnich

Airgiod

air cnuasach na graineig.” (c) Is fhearr eòlas, leasachadh, iochd, agus spioradalachd na airgiod. Am fear a ni iodhal de airgiod, caillidh e anam. Tha am fear sin an sùilean Dhé 'na amadan.

1. Bu chòir cuimhne a bhi againn air ar stiùbhardachd. Feumaidh sinn cunntas thoirt as ar stiùbhardachd—am feum a rinn sinn dhe na thug Dia dhuinn. Is Leis-san na tha againn is cha leinn fhéin. Ris gach neach bidh e air a ràdh: “Thoir cunntas air do stiùbhardachd: oir cha'n fheud thu bhi ni's faide ad stiùbhard.”

2. Bu chòir dhuinn maith a dheanamh air an t-slighe. Tha mòran a their dé nach deanadh iad na robh airgiod aca. Ma bhios iad gu bràth saoibhir ciod na mòr nithean a nì iad! Dean maith leis a bheagan a tha agad air neadh cha bhi fhios agad air sonas na muinntir a thug agus a chuidich. Bha dà leth-fheoirling na bantraich bhochd 'nan tiodhlac mhaiseach an sùilean Chrìosd. Bi suilbhreach leis na tha agad do dhuine agus do dh' aobhar Dé: “Oir is toigh le Dia an neach a bheir seachad gu suilbhir.”

3. Bu chòir dhuinn a bhi gléidhteach. Is fìor ghliocas e ullachadh a dheanamh fa chomhair geamhradh na beatha. Bu chòir dhuinn na h-uile dìchioll a dheanamh cumail á staid na bochdainn.

Airgiod

Tha 'n seillean 's an seangan,
A bha tional an stòrais,
Le gliocas gun mhearachd,
A' toirt aire do'n dòruinn,
'G ithidh bidh 's ag òl meala,
Gun ghainne air lòn ac',
Fo dhion ann san talamh,
O anail an reòta.

DUGHALL BOCHANAN.

4. Bu chòir dhuinn cumail as na fiachan. Is e tha 'sna fiachan, trailleachd, cion saorsa, truaighe. Na caith thar do chosnadh. Mu'n ceannaich thu smuainich an urrainn dhuit pàigheadh.

5. Cuir t' aghaidh gu dion an agaidh *gaimbligeadh*. Is e so aon de mallachdan ar latha. Is olc e ann féin eadar-dhealaichte bho na h-uile a thig 'na lorg. (a) Bheir e airidheachd far nach 'eil airidheachd, agus bheir e duais far nach 'eil duais airidh. (b) Coisnidh e tiodhlac do neach aig call a chomh-earsnaich. Bu choir do'n oigridh, gu ro shonraichte, a bhi air faire an aghaidh an uile so, a' charraig air an d' rinneadh iomadh beatha ghealltanach long-bhrìst.

TÌM

Is airgiod tìm. An neach òg a ni deagh fheum de thìm is fhearr dha e na airgiod. Tha e feumail agus cliùtach. Ann a bhi caitheamh ar n-aimsir gu ceart tha nithean ann a bu chòir a bhi 'nar n-amharc.

I. *Dòighealachd.* Ma tha sinn gléidhteach a thaobh ar cuid bu chòir dhuinn a bhi gléidhteach air ar tìm. Tìm air a chaitheamh an diomhanas is cothroman e air a chaitheamh gu amaideach. 'Sann le bhi deanamh deagh fheum dhe gach uair de thìm thainig daoine iomraiteach na talmhainn gu inbhe. Is e riaghailt mhòr gun a bhi idir 'nar tàmh ach a bhi a' cur gach momaint gu buil mhaith. Oir am fear a bhios 'na thamh cuiridh e na cait 'san teine, agus cha mhòr feum a ni sin dha.

II. *Riaghailt.* Is mòr an obair a ni neach ann an là mu théid e a réir riaghailt. Le bhi deanamh an nì air a bheil do làmh 's mo nì thu, ann an

Tim

aon là na ni am fear tha thall 'sa bhos ann an seachduinn. Oir is fada bho na chuala sinn: “buille 's gach aon chraoibh gun chraobh idir a leagadh.” Tha deagh riaghailt na cuideachadh, agus ni i saothair aotrom. Biodh aig gach neach a dhleasanas agus gach ni 'na àite féin.

III. *Poncalachd.* Ma rùnaich sinn nì sam bith a dheanamh, na deanamaid e air thoiseach no air dheireadh air an uair a shuidhicheadh. Ach is fhearr a bhi air thoiseach no air dheireadh. Oir “b' fhearr an leth an dè no gu léir an diugh.”

Cum ri t' fhocal agus ris an uair. Aig éirigh 's aig dol a laigh, ann an obair, agus ann an gealladh, bu choir dhuinn feuchainn a bhi ris a mhionaid. Tha an duine mì-phoncail draghail dha fhéin 's do mhuinntir eile, oir tha e a' caitheamh ùine fhéin agus ùin chàich.

IV. *Clis.* Le so tha sinn a' ciallachadh a bhi deanamh gnothuich air ball, gun a bhi a' cur dàill, no deanamh moille, agus gu'n a bhi ag radh, “an uair a bhios ùine agam.” Oir “am fear a bhios fada gun éirigh, bidh e 'na leum fad an latha.” A' mhuinntir a tha daonnan a' rùnachadh, gun a bhi idir gnìomhach, cha bhi piseach orra gu bràth. Is e an dòigh as fèarr gun a bhi labhairt mu obair, ach an obair a dheanamh agus sin air ball. Cuir-

Tìm

eamaid ri so briathran mòra nan Sgriobtuirean :
“Teagaisg dhuinn mar so ar laithean àireamh,
chum gu’n socraich sinn ar cridhe air gliocas”
(Salm xc. 12). “Ag ath-cheannach na h-aimsir,
do bhrìgh gu bheil na làithean olc” (Ephes. v. 16).

Ar beatha tha mar aisling fhaoin,
Mar sgàile faileis air an raon ;
Mar bhoisgeadh gréin’ roimh neoil air fàir’,
Mar ùrsgeul dìomhain, goirid, gearr,
Mar bhadan ceò air bharr nam beann,
No mar chloich a’ ruith le gleann ;
Mar shaighead luath o’n taifid réith,
O’n bhogha luaineach ’n làimh an tréin ;
Mar bhogha frois roimh bhraonaibh tlàth,
Mar neonain ùr as àillidh blàth ;
Mar pheileir teine ruith roimh ’n speur,
’S an ath-shealladh dheth nach léir ;
Mar neoil na h-oidhche theid ’nan luath ’s
’N uair dh’ éireas grian an àigh a suas ;
Mar latha geamhraidh air bheag spéis,
Mar leud boise, no fad réis ;
Mar shlighe luinge air a’ chuan,
Mar chobhar aibhne nach bi buan,
Ar beath’ tha ruith mar so gu luath,
Gun stad, gun fhois gu bàs is uaigh.

Dr TORMOID MACLEÒID.

MISNEACHD

Is e misneachd a bhi a' cur an agaidh gach cruadal gu fearail, gach cunnart gu treunail, agus gun idir dibreadh fa chomhair cumhachd ge b'e mor e, agus a dhol dìreach air aghaidh. *Tha bhuaidh so ionmholta an sùilean na h-uile shluagh*, ciùin is borb, Criosduidh agus mi-Chriosduidh. Tha'n an Sgriobtuir 'ga àrdachadh, agus bardachd ar tìre.

Lean gu dlùth ri cliù do shinnsreachd.

'S na dìbir a bhi mar iadsan.

O! Oskair, claidh thus' an treun-armach ;

'S thoir tearmun do'n lag-lamhach fheumach ;

Bi mar bhuinne-shruth reothairt geamhraidh

Thoir gleac do nàimhdean na Féinne,

Ach mar fhann-ghaoth shéimh thlàth shamhraidh

Bi dhaibh sin a shireas do chobhair.

FIONN RI OSCAR.

Is e fìor ghlòir na h-òige misneachd. Is fuath leis an òige an gealtair. Faodar truas a bhi againn a chi cunnart air an t-slighe agus a tha eagalach, ach an òige a tha gealtach is gràin i.

Misneachd

Tha dà sheòrsa misneachd ann. (a) A' cheud té, is misneachd fheòlmhor i. Cha'n'eil cus airidheachd innte. Tha cuid a rugadh leis a' mhisneachd so. Ni iad gàire ri cunnart, tha am misneachd mar mhisneachd leòmhainn. Cha bhuin deagh-bheus di. Cha b' urrainn dhaibh a bhi chaochla. (b) An dara té is misneachd mhoralta i. Tha a bun cha'n ann 'san fheòil ach san spiorad. Tha i a' tarruing a neart bho an neo-fhaicsinneach. Thubhairt Criosd an uair "bha fhallas mar bhraonaibh mòra fola a' tuiteam sìos air an talamh," "Athair ma's toigh leat cuir an cupan so seachad orm; gidheadh, na b'i mo thoil-se ach do thoil-se gu robh deanta." Is e so misneachd 'na foirfeachd. Far a bheil misneachd mar so tha glòir is maise roimh an lùb gach uilc dhuine le urram. Tha trì dòighean anns a nochd a' mhisneachd mhoralta i féin. *A' cheud dòigh, misneachd ar beachdan.* Tha cuid ann aig nach 'eil beachdan idir. Tha cuid eile ann a tha leam, leat. Cha'n ann gun mhòr mhisneachd thig neach gu beachd laidir a bhi aige, agus seasamh gu daingean innte an uair a tha e dearbhta aisde. Is cula-thruais am fear aig a bheil beachd do bhrìgh, a mhàin, gu bheil i aig càch. *An dara dòigh, misneachd cur an aghaidh.* Is ann mar so,

Misneachd

gu h-araidh bu chòir an oigridh am misneachd a nochdadh. Tha iad air an cuartachadh leis gach seòrsa buairidh, agus cha ruig òganach 'san t-saoghal so air inbhe ni's àirde ann am misneachd, na an uair a their e ris gach uile sheòrsa buairidh, "cha dean," "ni h-eadh." *An treas dòigh, misneachd buanachaidh.* Am fear a bhunaicheas gun dibreadh fo eallach, a' giùlan a chrann-ceusaidh, agus nach cleochd fo'n trom thinneas, tha mhisneachd glòirmhor so aige. Ciod iad freumhan na misneachd so?

Is e cheud fhreumh dearbhachd—"teistias an deagh chogais" a' faireachduinn gu bheil sin 'sa' chòir. Aig bun misneachd nam martuirich agus fiùghalaich an t-saoghail bha so—làn-dearbhadh. Chreid iad, air an aobhar sin labhair iad, chathaich iad, dhoirt iad am fuil, fhuair iad bàs. Ni chogais gealtairean dhinn uile," arsa bàrd mòr. Ach ni i nì eile an uair a chuireas i eagal uilc oirnn—togaidh i sinn os cionn gach eagal eile. Mar so bha e do Pheadar an uair a labhair e fa chomhair a breitheamhnan. "A bheil e ceart am fianuis Dé, éisdeachd ribhse roimh Dhia, thugaibh féin breth. Oir cha'n'eil e 'n comas duinne gun na nithean a chunnaic agus a chuala sinn a labhairt."

Misneachd

Is e an dara freumh, creideamh. Tha creideamh air a chleachdadh ann a' so 'san t-seadh sgrìobtuireil. An uair a dh' fhairicheas duine gu bheil Dia maille ris seasaidh e an aghaidh uile chumhachdan na talmhainn agus an t-sluichd. Oir "Ma tha Dia leinn, cò dh'fheudas bhi 'nar n-aghaidh." B' fhiùghalaich a' chreideimh na treun-fhir "a cheannsaich rioghachdan, a dh'oibrich fireantachd." Amhairc air Eabhruich XI., na Cumhnantaich, air Nocs agus mòran eile. Cha'n aithne dhàsan air a bheil eagal Dé eagal sam bith eile.

Is e an treas freumh, co-fhaireachadh. An duine aig a bheil Dia maille ris bidh e treun ged bhiodh e 'na aonar, ach is mòr an treòir a bheir cuideachd muinntir co-ionnan ris fhéin agus aig a bheil co-fhaireachadh ris, dha. Dh'fhairich Pòl so, thug e buidheachas do Dhia agus ghlac e misneachd.

Ann am beatha Chrìosd chi sinn a nì air an do labhair sinn a deàrrsadh a mach 'na làn-ghlòir, agus anns a' bhàrdachd ainmeil so chi sinn e am measg cloinn nan daoine:—

Aghaidh leòmhainn bha t' eudan,
'Nuair a dh' éireadh luchd-eucoir ort ceàrr,
Aghaidh duine thaobh reusoin,
Fearail, tuigseach, làn céill agus bàigh;

Misneachd

Aghaidh laoidh a thaobh sèimheachd,
Ann an simplidheachd is treibhdhireas gràis ;
Aghaidh iolair thaobh neamhachd,
'S t' eòlas dìomhair air stéidhibh na slàint'.

Bu laoch thu bha duineil,
Mar leòmhann gun ghioraig gun fhiamh ;
Nach géilleadh 's nach pilleadh,
Roimh nàimhdibh bha fineachail, fiat' ;
Bu dìomhain gach inneal,
A dh' fheuch am fear-millidh riut riamh,
Chur mu d'thimchioll gu d'spionnadh
A dheanamh anfhann mar mhinisteir Chriosd.

Bha thu ad nàmhaid do'n pheacadh,
Mar theine ro-chaithteach is dian ;
Agus t' eud 'na ghnàth-lasair,
Ag iarraidh cur às dha gun sgìths ;
Is nach fàgadh tu fasgadh
Aig aon bha 'ga chleachdadh 'na ghniomh ;
Gus an iompaicht air ais iad,
Gus a fhreumh a ghrad chasgairt an Criosd.

Iain MOIREASDAN.

SLÀINTE

THA slàinte a' ciallachadh fallaineachd cuirp agus inntinn; cumail ar cuirp ann an staid cho fallain agus a ni obair furasda, gun thrioblaid, agus gun chron; ar n-inntinn ionnan 's nach dean i cron do'n chorp. Amhairceamaid air.

I. *A cheanghal dhlùth a tha eadar corp is inntinn.* Tha iad ann an dàimh dhìomhair ri chèile. An nì a bheanas ris an aon beanaidh e ris an aon eile. Tha leas an aoin an crochadh ri leas an aoin eile. Tha so a' deanamh soilleir cho feumail 's a tha e gu'm biodh an corp 'san inntinn le chèile a' gluasad anns an cho-chòrdadh sin is e slàinte, agus cho cùramach is bu chòir dhuinn a bhi nach biodh briseadh air a dheanamh air a' cho-chòrdadh sin.

II. *Gu bheil slàinte éiginneach chum soirbheachaidh 'sa' bheatha so.* Cha'n'eil i gu buileach éiginneach, ach *is beag nach 'eil.* “Ith do bhiadh is dean do ghnìomh” arsa sean-fhocal, oir am fear nach ith cha tric a ni e ghnìomh. Ach bha

Slàinte

nithean mòra air an deanamh le daoine nach robh ach anfhann 'nan slàinte. Bha Calbhin agus 's gann bha là slàn aige. Bha Pascal euslainteach o ochd bliadhna deug. Bha Pope lag agus ciorramach. Bha an luathas-analach air Rìgh Uilleam. Bha an searmoiniche mòr, Hall, tric ann am pian geùr. Bha Milton dall. Bha Nelson beag agus crubach, agus mu'n Abstol Phòl tha e air a ràdh “a ta a làthaireachd chorporra anfhann.” Dh' fhaodadh iad so uile nithean na bu mhò a dheanamh na robh an slàinte na b' fheàrr. As a' choitchionn 'se daoine le corp agus inntinn fhallain as fheàrr a shoirbhich 'san t-saoghal.

III. *Tha cùram a' chuirp 'na dleasan as gribh-tuireil.* Oir tha an fhìrinn ag ràdh: “Nach 'eil fios agaibh, gur iad bhur cuirp buill Chriosd”; “tha an corp ach do'n Tighearn; agus an Tighearn do'n chorp”; “gur e bhur corp teampull an Spioraid naoinh a ta annaibh, a ta agaibh o Dhia.” “Ma thruaillias neach air bith teampull Dhé, sgriosaidh Dia an tì sin.” “Thugaibh bhur buill mar sheirbhisich do'n fhìreantachd.” “Oir cha bhi aig a' pheacadh tighearnas oirbh.” “Glòirichibh Dia ann bhur corp.” Tha e air iarraidh oirnn: “bhur cuirp a thoirt 'nam beo-ìobairt, naomh, thaitnich do Dhia, ni as e bhur seirbhis reusonta.”

Slàinte

Ghabh Criosd féin corp thuige; agus 'sann air a chorp rinn an Slànuighear chuid a bu mhò dhe mhìorbhuilean chum a leighis ath-leasachaidh, agus ath-bheothachaidh.

IV. *Tha ar slàinte, ann a' tomhas, 'nar làmhan fhéin.* Gun amharus tha mòran air am breth ciorramach, ach, gidheadh, tha iomadh trioblaid ann a dh' fhaodar a sheachnadh, le bhi cùramach. Tha trì nithean a tha a' cuideachaidh slàinte. Stuamachd, Saothair, Fois.

I. *Stuamachd.* Tha cus bidh 'na chron do shlàinte. Tha e araon cunnartach agus mi-eileanach cus ithidh. Is fìor an ràdh: “is fheàrr a bhi air acras na air dhroch eilean.” Biodh a h-uile fear le so 'na bheachd cùramach cia urrad, agus ciod a dh' itheas e, oir “biadh an dara fìr puinsion an fhìr eile.” So a nì thubhairt an t-Easbuig Carsual mu'n chuis so

A h-aon diubh an t-saighead shéir,
Bé d'an co-ainm a' chraos;
Minig a mheall i mi, a' phòit;
Dhomh-s' nì thàinig fosadh de m' aois.

Tha mi-stuamachd, gu coitchionta, a' ciallachadh misg. Tha toradh eagalach na misg soilleir do na h-uile. Tha iad 'nam mallachd do'n tìr 'snan cunnart do'n chreutair. Tha achmhasan drùidh-

Slàinte

teach, agus freagarrach, anns an iomradh bhrònach
agus fhìrinneach so, air còr truagh tigh a
mhisgeir :—

Air oidhche ghruamach gheamhraidh fhuair,
'S mi gabhail suas an t-sràid,
Clach-mheallain chruaidh, le gaoith a tuath
A' ruagail air an làr,
Bha deòiridh truagh, 's na deòir bho ghruaidh,
'Sa shnuadh cho tana, bàn,
E ruith gu luath 's a' gul gu cruaidh,
A' suathadh bhas a làmh.

Bha thrusgan donn gu tana, gann,
'N a stiallan lom air cnàmh ;
'S a' ghaoth a' seideadh troimh gach toll,
Mu chom, gun iochd, gun bhàigh.
Mo bhalachan mhaoth, thuirt mi gu caoin,
Ciod chuir an taobh-s' thu 'n tràths,
'Nuair tha gach dùile feadh nan crìoch
Fo dhìon 'n an àite-tàimh ?

Och ! thuirt e rium am briathran ciùin,
'S a shùilean fliuch fò dheòir,
Tha m' athair shuas le luchd na cluich,
Air mhisg an tigh an òil ;
Mo mhàthair bhoichd 's i ris a' bhàs,
'S am pàisde beag 'g a deòth'l,
'S tha eagal orm, mu'n tig an là,
Nach bi mo mhàthair beò.

Slàinte

'N uair ràinig sinn an dachaidh lom,
Far nach robh fonn no ceòl,
Ach gearan agus osnaich throm,
Tigh'n bho gach com gun treòir,
Bha bhean 'n a sìneadh air an làr,
Air clàran fuar de bhòrd,
'S a h-ochd no naoi de phàisdean maoth
Ri 'taobh ag iarraidh lòn.

NIALL MACLEÒID.

Seachain deoch làidir ma's àill leat slàinte
dhuit fhéin 's dha do chuid.

2. *Saothair.* Tha e feumail do shlàinte a bhi
a' cumail a' chuirp air ghluasad. Tha cuid a
thaobh an cnuasach, aig a bheil feum air nì's mò
na cuid. Ach duine is gille is fheairrd iad
gluasad.

3. *Fois.* Tha feum aig an oibriche air codal
maith. Ni e cron air fhéin mur faigh e sin. Am
fear a tha a' goid bho uairean codail tha e a'goid
bho chomas. Ni éirigh tràth là fada, ach am fear
a bhios leisg a' dol a laighe bidh e leisg ag
éirigh.

Biodh a h-uile neach cùramach mu shlàinte, oir
am fear aig nach 'eil an t-slàinte nach coma dha
na th'aige.

DÙRACHD

Is e eud an t-ainm tha an Sgrìobtuir a toirt do dhùrachd. Tha e a' ciallachadh a bhi a' cur ar n-uile chridhe anns gach nì a tha sinn a' deanamh.

Cha'n ionnan dùrachd agus fuaim déineas, no mòrchuis. Oir is “minic thàinig fuaim mòr a bolg fàs.” Tha dùrachd sàmhach agus ciùin gu tric. Nì duine dùrachdach a nì as miann leis gun dùdaich a dheanamh mu thimchioll. *Tha dùrachd gu tric fo amharus agus air a dhèteadh.* Tha e 'san fhasan a bhi deanamh magadh air dùrachd. Tha dùrachd tric 'na aonar agus cha'n'eil e measail. Tha e tric ro-dhian agus, uime sin, neo-bhuadhach. Is tric a bhriseas e air codal chàich, agus do bhrìgh sin, is fuathach leò e. Mar so bha an Tighearn an sùilean nam Pharasach. Bha Pòl mar so do Fhestus, agus na Criosduidhean do na Pàganaich. Mar so, cuid-eachd bha sluagh an làtha féin a' meas nam martuirich. Tha duine dùrachdach gu tric air a mheas mar dhuin air bhoil agus mar sin cha'n'eil meas air.

Dùrachd

Bha uile luchd-treòrachaidh mòr an t-saoghail dùrachdach. An t-saorsa spioradail a tha againn is ann bho dhùrachd airson saorsa fhuair sinn i. Fhuair dùrachd Columbus America; rinn dùrachd Iain Nocs Alba ath-leasachadh; agus rinn dùrachd Garibaldi an Edailt a nuadhachadh. Rinn sluagh an làtha féin tàir orra, ach thug an dùrachd buaidh. Agus am fear a bha air a mheas 'na bhoil 'na là fhéin, is fiùghalach e 'san ath ghinealach.

Tha dùrachd aig bun soirbhichidh. Gluaisidh an duine dùrachdach cridheachan dhaoine mar nach dean fileanntachd no briathran dh' aindeoin cho lìomhta. Faodaidh an eaglais a bhi foirfe 'na h-òrdugh, faodaidh a seirbhisich a bhi comasach agus umhail, ach, gun dùrachd, bidh a h-obair gun bhuidh agus thig i gu neo-ni. Tha trì riaghailtean ann a thaobh dùrachd a tha feumail.

1. *Spéis dha ann am muinntir eile.* Is fheàrr dùrachd na fuachd is foirmealachd, mar is fhearr beatha na bàs. Far a bheil beatha tha dùrachd. Dh' aindeoin eadar-dhealachaidh beachd na dean tàir air dùrachd fir eile. Oir is fheàrr gu biodh a' phoit a' goil thairis na nach goileadh i idir.

2. *Biamaid 'ga àrach annainn fhéin.* (a) Le bhi seachnadh na lunndaireachd agus am meadh-bhlàths. (b) Le bhi beachdachadh air beatha

Dùrachd

dhaoine ainmeil dh' fheuchainn an greimich sinn air las de'n dùrachd. (c) Le bhi an cuideachd muinntir dhùrachdach. Neartaichidh an t-anam làidir an t-anam lag. Lasaidh am fàd dubh an taice lasair fòidean laiste eile. Dh' iarr cuid eile greim a dheanamh air eud na gréine.

'S tu chuireas beatha, neart, is treòir,
Bheir fàs is cinneas air gach pòr,
Do'n daraig àrd, 's do'n bhileig fhaoir,
Cha dean thu dearmad air a h-aon;
Do chàirdeas saoibhir, farsuinn, fial,
Cho ùr an diugh 's a bha e riamh,
Thu dòrtadh t' fheartan oirnn gu saor,
'S cha toir sin traoghadh air do mhaoir.

NIALL MACLEÒID.

3. Dùrachd am beatha na diadhachd. So a bharrachd air na h-uile nì. Tha cuid a tha eudmhoir 's na h-uile nì ach an diadhachd. Ann a' sin tha e tric fo amharus agus magadh air a dheanamh air. Cha bu chòir sin a bhi.

4. *Tha an Sgrìobtuir ag iarraidh dùrachd 'san diadhachd.* Am fear nach eil fuar no teth tilgear a mach e (Taisb iii. 15, 16).

Bu chòir dùrachd a bhi ro shoilleir 's na trì nithean so:—

(1) *Ann an ùrnuigh.* “Iarraibh agus bheirear

Dùrachd

dhuibh : siribh, agus gheibh sibh : buail-
ibh an dorus, agus fosgailear dhuibh.”

- (2) *Féin-àicheadh.* “Seadh gun amharus, agus
tha mi a’ meas nan uile nithean ’nan call,
airson ro-òirdheirceis eòlais Iosa Criosd mo
Thighearna ; airson an d’ fhuiling mi call
nan uile nithean, agus tha mi meas gur
aolach iad chum gu’n cosnainn Criosd, agus
gu faighear ann-san mi.”
- (3) *A bhi drùidhteach.* “Is ann á pailteas a
chridhe a labhras a bheul,” agus ’s ann a
mhàin dhaibh-san a labhras á cridhe làn,
agus a tha ’nan teine le eud airson slàinte
anaman, a thugadh anns ’na h-uile linn
buaidh drùidhidh agus iompachaidh.

MODH

Is e tha ann am modh taisbeineadh tlachdmhor no mì-thlachdmhor air ar rùintean no ar smuaintean.

Tha deagh mhodh aig éirigh bho. (a) Féin-spéis, (b) co-fhaireachadh do mhuinntir eile. Am fear aig a bheil spéis dha fhéin cha chan 's cha deane ni chuireas scanal air neach eile. Bidh a' neach so cùramach nach toir e pian no oilbheum do neach eile. Gun teagamh "saoilidh am fear a bhios gun mhodh gur modh am mì-mhodh."

Tha deagh mhodh a' cur maise air cliù. Ged nach dean modh ni's mò na eudach duine, ni e deagh atharrachadh air. Urram an cainnt, labhairt eileanach, cleachdadh modhail, ni iad sin duine maiseach, ach ni gairbhe, mì-mhodh agus coimheachas mì-dhreach a chur air agus ni iad cron air fheum. Oir "cha do bhris deagh urram ceann duine riamh."

Cuidichidh deagh mhodh gu mòr le soirbheachadh.

Modh

Dùinidh gairbhe agus gruamachd dorsan, ach fosglaidh caomhalachd agus finealtachd iad. Agus seachnaidh na h-uile neach an duine borb, mì-eileanta. Tha so fìor mu fhearlabhairt agus mu fhear reic. Ann am bùth tha aon fhear a tha aoidheil, tlàth, agus fear eile a tha coimheach 'na chàinnt, coma co-dhiùbh tha muinntir riarichte leis no nach 'eil. Tha meas aig na h-uile neach air a' cheud fhear agus cha'n'eil meas aig neach sam bith air an fhear eile.

Cuiridh deagh eilean tric nàimhdeas 'na tosd. Faodaidh droch bheachd a bhi aig sluagh dhinn fhéin agus dhe'n aobhar a tha sinn a' tagradh. Is iongantach mar a leghas deagh eilean cruas a leithid so de mhuinntir. Tha modhalachd 'na h-iuchair gun mheirg a dh' fhosglas iomadh glas mheirgeach.

Modhalachd is e sin an aon fhocal, duin'-uasal. Bi 'na do dhuin' uasal 'na do ghiùlain 's 'na do chleachdadh; na do chainnt 'sna do ghnùis—'se sin barra-gùg a' mhodh.

1. *Saothraich gu bhi aoidheil.* Feudaidh neach sam bith a bhi eileanta agus modhail ma dh' fhiachas e. Tha cuid an dùil nach fhiù caomhalachd ann am fearalas, agus gur e an t-amhlair an duine treun. Is mearachd so. Na fiùghalaich

Modh

a bu treuna agus a bu duineile a bha riamh ann bha iad iochdmhor agus bàigheil. Bhiodh e feumail do dhuine òg aig starsach na beatha a shùil a bhi ri deagh mhodh, agus a dhìchioll a dheanamh gu fhaotainn. Oir “an cliù a théid òg do dhuine, 'se a leanas ris.”

2. *Seachain neònachas an giùlan.* 'Se tha an neònachas oidheirp a bhi gu tur eadar-dhealaichte o mhuinntir eile ann (*a*) an éideadh, (*b*) an càinnt, (*c*) an gluasad. Cha chòir gnùis a thoirt do'n mhuinntir a tha strì a bhi beur ach a tha mì-mhodhail le beurra.

3. *Thoir buaidh air socharaidh.* Tha cuid cho socharach 's gur tric a shaoileas muinntir nach 'eil annta ach amhlairean agus burraidhean, ged tha iad a' rùnachadh a bhi eileanta gu leòir. Le dìchioll claidhear an t-socharaidh so.

4. *Na deanamaid tàir air an fheadhainn a tha fodhainn.* Cha'n'eil anns a' churaidh an-iochdmhor ach ceatharnach bochd nach fhiù.

Is fhiach an deagh fhocal mòran, 's cha chosd e ach beagan. Tha so fìor cuideachd mu mhodh.

SÈIMHEACHD

Is e toradh Spioraid Dé, sìth, agus is e sìth do cridhe aig fois ri Dia is duine.

Tha sèimheachd 'na comharradh air buadhan an anama a bhi gluasad gu réidh. Tha droch nàdur a' dearbhadh gu bheil ni air choir-eiginn briste ann ar gnè mhoralta. Tha feum air so a leighis agus a ghleusadh.

Tha sèimheachd, 'nar comas. Thig i le saothair. Cha'n ionnan i is (a) deagh nàdur no, (b) cridhealas. Is e tha ann an deagh nàdur ni às dual do chuid, agus is cridhealas ni an thig an lorg taitneis. Tha chuid as mò sluaigh cridheil 'nuair tha gnothuichean a dol leò, ach an uair thig an éiginn nochdaidh an droch nàdur e féin. Ach cha tig sèimheachd ach le spàirn chruaidh, agus eilean, agus fein-cheannsachadh, agus gu h-àraidh le sìth ri Dia.

Tha iomadh seòrsa droch nàdur ann.

'Se aon seòrsa, crosdachd. Tha iad mar thubhairt an sean-fhocal: “Am fear a bhios fearg air a

Sèimheachd

ghnàth 's cosmhuil a ghnè ris an dris." Bu ghlic dh'an fhear so an ghnè so a leigheas.

Is seòrsa eile, a bhi daonndan a' faotainn coire. Cha'n'eil am fear so uair sam bith sona. Cha'n fhaic e cron sam bith ann fhéin ach na h-uile gniamh 'san neach ud eile. "Bidh cron duine cho mòr ri beinn mu'n léir dha féin e." Is mithich dh'an fhear so feòrachadh ciod tha cli air.

Is seòrsa eile, paisean feirge. Tha iad so mar am fùdar. Cuiridh an rud as lugha 'nan teine iad le fearg, agus "b'àirde an luath na an lasair" an uair sin. Is tric a rinn am paisean so amadan de dhuine glic. Bu chòir dhuinn fiachainn a chlaoidh.

'Se fear as miosa uile, gruaim. 'Se so paisean cha'n ann a dol as ach a' cnamh mar an eibhleag bheo 'sa' ghriosach anns nach 'eil lasair. Is fhearr am fear crosda, frineasach fhéin na'm fear mùgach so, agus a leigeas cha'n'e mhàin grian aon là, ach grian là is bliadhna, a dhol fodha air a chorruidh.

Riaghailtean chum sèimheachd.

I. *Bu chòir dhuinn geur-fhuath a bhi againn, do thoradh an droch nàduir.* (a) Tha bhi a' brosnachadh a chuirp gu feirg olc dha. Their an leighich sin. (b) Tha an duine duairc, dream-

Sèimheachd

ach, 'na chuspair eagail, 's cha'n ann 'na chuspair gràidh, do na h-uile, eadhon d'a theaghlach féin. Tha droch bhuaidh aig air a' chrannchur. Oir 'se an duine foighdinneach a gheibh. “Am fear a chumas long gheibh e là gu seòladh.” Tha an Sgriobtuir làn de rabhaidhean an aghaidh an droch nàdur: “An ti air am bi fearg gu h-obann, ni e gu h-amaideach”; “Na dean suas càirdeas ris an fheargach; agus maille ri fear na h-àrd-chorruich na h-imich; air eagal gu'n ionnsaich thu a shligh-ean, agus gu'm faigh thu ribe do t' anam.” Dùisgidh duine feargach aimbreit, agus bithidh fear na corruich pailt ann an eusaontas.”

“Bitheadh fearg oirbh, agus na peacaichibh: na luidheadh a' ghrian air bhur corruich.” “Bith-eadh gach uile sheirbhe, agus corruich, agus fearg, agus gàrrthaich, agus toibheum air an togail uaibh, maille ris gach uile mhì-run. Agus bithibh caoimhneil, tèò-chridheach d'a chéile; a' toirt maitheanas d'a chéile, eadhon mar a thùg Dia maitheanas dhuibhse ann an Criosd.”

II. *Féin-àicheadh.* Tha e an comas duine a nàdur a cheannsachadh le faire a chumail air. “Dorus mo bheul-sa gléidh.” “Ma ghoileas a' phoit thoir dhe'n tein' i.” Ni cùram agus seasmhachd, agus stùth chràidh droch nàdur a chlaoidh.

Sèimheachd

III. *Cum gréim ort fhéin agus bidh sèimheachd agad.* An t-anam aig a bheil spiorad Chrìosd tha sìth aige. Mar is e an droch nàdur am peacadh a tha gu furas ag iadhadh umainn, bheir gràs Dé, ma dh'iarras sinn e, comas dhuinn buaidh a thoirt air. Bu chòir dhuinn a bhi ri faire agus ri ùrnuigh an aghaidh a pheacaidh so. Ma tha "sìth Dhé a tha dol thar uile eòlais" a cumail ar cridhe agus ar n-inntinn, tre Iosa Chrìosd, cha bhi sèimheachd ar beatha gu bràth fo bhruaill-ean le droch nàdur.



ATH-ÙRACHADH

THA feum air gu'm biodh sinn air ar n-ùrachadh chum oidheirp eile.

Is nì éiginneach so. Tha lagh oibreachaidh agus lagh ùrachaidh 'n ar nàdur. Tha aig an duine a bhi cnuasach gu goirt airson aran làthail. Gun obair cha bhi sonas, oir gabhaidh an diabhl fàth air an fhear a bhios 'na thàmh.

Cha'n'eil ath-ùrachadh na nì olc ann féin. Bha mòran dhaoine maith ann riamh a bha cur an aghaidh gach seòrsa cluich. Thachair so do bhrìgh am fuath mòr do pheacadh, agus an làn-chreideas gu bheil.

Mi-ghnàthachas buailteach do chluich. (a) Tha chluich olc 'nuair tha i an aghaidh àithne Dhé. Tha "ana-miann na feòla, agus ana-miann nan sùl, agus uabhar na beatha," leis na bheil na briathran a' ciallachadh, ged is sùgradh iad d'an t-saoghal, 'nan olc fa chomhair Dhé. (b) Tha cluich olc 'nuair a nì i neach mì-chomasach

Ath-Ùrachadh

'na obair. Ma nì cluich Dhi-Sathurn duine mì-fhreagarrach airson aoraidh na Sàbaid; ma nì e duine òg mì-chomasach airson obair tha i olc. A' bheatha nach eil ri nì ach cluich cha bheatha idir i. Tha iad so a' denamh mar a rinn Esau, a' reic an còir-bhreithe airson brochan de ghall-pheasair. Tha a leithid so a chreutair neo-fheumail do dhuine agus ciontach am fianuis Dé.

Biodh a h-uile fear na bhreitheamh dha fhéin air an t-seòrsa ath-ùrachaidh as fheàrr dha. Cha'n'eil cluich sam bith ceart do bhrìgh gu bheil a' mhòr chuid ris. Na leanadh neach sam bith am mòr shluagh chum uilc. Na dean nì sam a thaobh a bheil amharus ort nach 'eil e ceart. Tha tobraichean sòlais gu leòir aig ar làmh chum ùrachaidh, ionnan 's nach ruig sinn a leas òl dhiubh sud a tha puinseanta. 'Se briathran na fìrinn: "Dean gàirdeachas a dhuine òig á t'òige, agus deanadh do chridhe subhach thu ann an làithibh t'òige, agus siubhail ann an slighibh do chridhe, agus ann an sealladh do shùl; ach biodh fhios agad air an son so uile gu'n toir Dia chum breitheanais thu." Na dìchuimhnicheadh an fheadhainn a tha beò a réir a' cheud chuid de'n earrainn an dara cuid di.

Ath-Ùrachadh

Gur e bu chòir dhuinn an àm ar n-òige
Bhi gabhail eòlais air Ios' gach là ;
Cha chuir dian-dhearmad air staid an anama
Am feasd an seilbh sinn air 'n dùthaich àird.
Tha Criosd ag inns' dhuinn mur toir sinn gaol da
Os ceann an t-saoghail nach faigh sinn slàint'.
Mur bi sinn dìleas 'nar fìor luchd-aoraidh
Ar n-uile shaothair bidh dhuinn gun stàth.

IAIN MACGILLEATHAIN,

LEABHRAICHEAN

THA buaidh mhòr aig leabhraichean air beatha agus caitheamh-beatha duine. Ni an teagasgan gréim làidir air smuaintean agus mac-meamnadh an duine òig.

'Se tha anns na leabhraichean maoin nan ginealachdan. Tha iad do mhuinntir a nì tha chuimhne do gach neach. 'Se tha ann a leabhraichean an t-saoghail cuimhne an t-saoghail, fairichean an t-saoghail, agus tuisleadh an t-saoghail. Cha mhòr nach 'eil na's aithne dhuinn de eachdruidh an t-saoghail so, anns an do shuidhich Dia sinn, air a' ichte dheanamh is aithne dhuinn bho leabhraichean. Tha iad ag innseadh dhuinn co as a thàinig agus c'àit a bheil sin a dol.

Tha leabhraichean 'ga ar cur ann an comunn a tha glaiste bhuainn as an aonais. Tha iad a' cur 'nar comas a bhi conaltradh ris a nìhuinntir mhòr is mhaith a bha agus a tha ann. Tha seòmair an fhir-leughaidh làn de spioradan neo-bhàsmhor. Tha càirdean aige a tha seasmhach, nach tréig e uair sam bith, a tha sàmhach 'nuair tha e sgìth, a théid cuideachd ris gu obair, agus a bhios air a chinn 'nuair thilleas e.

Leabhraichean

'Se *leabhraichean aran na h-inntinn*. Do'n mhòr chuid do dhaoine b'e leabhraichean an àrd-fhir-teagaisg agus an iùil eilein.

Ciod, ma ta, a bu chòir dhuinn a leughadh agus cionnus a bu chòir dhuinn a bhi leughadh? (a) Cha'n urrainn duinn a' h-uile leabhar a leughadh, oir tha so, do bhrìgh an lionmhoireachd, thar ar comais. (b) Biodh a' h-uile fear, a réir a chàil, a ròghnachadh dha fhéin, na leabhraichean as mò ni dh' fheum dha. Ach chuireadh sinn na riaghailtean so fa'r comhar.

I. Bu chòir dhuinn *leabhraichean mòra an t-saoghail a leughadh*. Tha leabhraichean ann a tha anns 'na h-uile seadh fad os cionn chàich. Tha àireamh mhaith ann dhiubh so. Tha nì's mò mhaith r'a fhaotainn bho leughadh beagan dhiubh so, no bho àireamh mhor de dh' fheadhainn eile. (a) 'Se am Biobull leabhar nan leabhraichean. Mar thuirt Carlyle, so an leabhar "anns an d' fhuair, airson iomadh mìle bliadhna, spiorad an duine solus agus beo-shlaint." (b) So leabhar air a dheachdadh le Dia: "Tha e tarbhach chum teagaisg, chum spreige, chum leasachaidh, chum oilein ann am fireantachd." Is iùl duine e tre cheuman dorcha na beatha so gu glòir nan nèamhan shuas. "Ciod leis an glan an t-oganach

Leabhraichean

a shlighe? Trid faicill, a réir d' fhocail." Leugh an leabhar so tric is dlùth is biodh e dhuit mar dha'n diadhaire thuirt:—

Tha aoibhneas air lionadh mo chrì,
'S cha tràghadh do shith mo chuim :
Tha naidheachd ni's taitnich' 'san tìr,
Na chualas ri linn mo chuimhn'.
Cha naidheachd air Oisian nam Feann,
No gaisgeach bha riamh am feachd ;
'Cha naidheachd air sealgaireachd fhiadh,
No giùlan am bian gu teach.

Cha naidheachd air creachadh nan Gall,
Le ceatharn nan gleann, 's nan stùchd ;
No idir air siubhal nam beann,
An éideadh nach ceangladh glùn.
Cha naidheachd air tapadh nan Gai'l,
No treubhantas àrd an lann,
A' leagadh an nàimhdean gu làr,
No sgoltadh an cnamh, 'san ceann.

Ach naidheachd air soisgeul nan gràs
Bhi sgaoileadh 's gach àird mu'n cuairt ;
'S am Biobull le focal na slàint'
Bhi ruigheachd gach àit' le buaidh :
Toirt caochla air inntinn an t-sluaigh,
'Gan ciùineach mar uain gu sìth ;
Ag claidheadh gach àrdain is uail,
'S ag cur gach droch bhuaidh fo chìs.

DR SEUMAS M'GRIOGAIR.

Leabhraichean

II. Bu chòir dhuinn leughadh agus *ni sònraichte romhainn*. 'Se sin mu leughas sinn mu thimchioll ar *n-obair*, mar *thuathanachd* no leithid sin, bu chòir dhuinn leabhraichean mu na h-oibrichean sin a leughadh. Agus mar is còir d'an fhear-lagha leabhraichean air an lagh a leughadh, bu chòir an diadhaire, beag na mòr e, leabhraichean mu'n diadhachd a leughadh.

III. Bu chòir dhuinn leabhraichean a ròghnachadh *mar a ròghnaicheas sinn companaich*. (a) Na leughamaid leabhraichean mu bheil droch iomradh. (b) No leabhraichean nach fhiù aig a cheud sealladh. Leughamaid an toiseach leabhraichean maith, ainmeil, 's an déidh sin, bu cho maith leinn cuideachd nam meirleach nam mi-bheusach, agus salachair an t-saoghail, ri leabhraichean, breun, neò-ghlan, agus mi-fhallain.

Leugh le deagh aire. Leugh gu beothail, a' cur cheistean air an leabhar, agus a' cothromachadh nan argumaidean a tha ann. Leugh a réir riaghailt. Leugh an ni a chuidicheas leat anns an dleasanais làitheil dh' ionnsuidh an do ghairm Dia thu.

AN DACHAIDH

TUIGIDH na h-uile neach na bheil air fhilleadh 'san fhocal so. “Is bochd an dachaidh nach feàrr na'n chéilidh.”

Cha'n'eil dachaidh, 'san t-seadh cheart, aig na h-ainmhidhean. 'Se Dia a chuir air chois an teaghlach, an dachaidh. Tha feum againn oirre thaobh ar gnè, ar n-àrach, agus ar crìoch àraidh.

Fagaidh an dachaidh a lorg oirnn. Leanaidh buaidh na dachaidh sinn fad làithean ar beatha. Ann a' sin thòisich na deagh bheusan, agus is e so aideachadh a ni, cha mhòr, na h-uile neach. Fagaidh teagasg nan aithrichean, agus gràdh nam màithrichean agus nam peathraichean an lorg féin oirnn. Foghluidh neach òg nì's mo bho athar glic na bho luchd-teagaisg gu léir. 'S ann aig a' ghlùn tha am fìor fhoghlum. Oir “am fear nach ionnsaich ris a' ghlùn cha'n ionnsaich ris an uilinn.” “Bhithinn na m' fhear àicheadh Dhé,” arsa Ameireacanach mòr, “mur b'e mo chuimhne

An Dachaidh

air mo mhàthair chaoimh a' teasgasg dhomh air mo ghlùinean 'Ar n-athair a ta air nèimh.'"

Tha beatha 'san teaghlach a' dearbhadh cliù. Tha cuid ann a tha gu h-olc aig a bhaile a mhealas aig an rathad mhòr. Ach am fear a tha 'na mhac maith, no 'na bhràthair maith, is tric leis a bhi 'na dhuine maith. Is buill de theaghlaichean cuid de na leugh an leabhran so. Is ceisd fhreagarrach, ma ta, cionnus a bu chòir dhaibh iad fhéin a ghiùlan 'san teaghlach.

1. 'Se *ùmhlachd* bonn-stéidh an deagh theaghlaich. Tha ceann air gach teaghlach, agus feumaidh an ceann riaghladh. Far nach 'eil ùmhlaichd 'san teaghlach cha bhi riaghailt innte. "A chlann," ars' an t-abstol, "bithibh ùmhail do 'ur pàrantaibh anns na h-uile nithibh: oir tha so taitneach do'n Tighearn." Eadhon a' chuid a tha air fàs suas dhaibhsan cuideachd is ùmhlaichd an riaghailt-ùmhlaichd stéidhte air reuson, gràdh, agus taingealachd. Tha e air a ràdh gu bheil pàrantan an diugh air call an ughdarras air an clann, agus gu bheil a chlann coma ciod e cor na crannchur am pàrantan. Tha so colg dhìreach an aghaidh an àithne: "thoir urram do d' athair agus do d' mhàthair." Bu chòir a' chlann a bhi dian an ùrnuigh, agus eudmhor 'nan oidheirp meas air am

An Dachaidh

pàrantan a dhearbhadh. “Fòghlumadh iad air tùs,” ars’ an t-abstol, “a bhi dleasdanach ’nan tighibh féin, agus ath-dhiol a thoirt d’ am parant-aibh: oir tha so maith agus taitneach am fianuis Dhé.” Cha bhi cuimhne idir ni’s millse na so aig òganach sam bith, seadh, gu robh e ’na mac dleasanach, no cuimhne idir as goirte na so, seadh, gu’n d’ thug e dùbhlán, agus gu’n d’ rinn e dearmad orra-san a rinn urrad ris.

2. Bu chòir *gràdh* a bhi eadar an teaghlach. ’Se gràdh a ni dachaidh. Bidh an fheadhainn a tha thall thar a’ chuain mhòir a’ smuaineachadh gu tric air dùthaich an àrach agus dachaidh an gràidh.

Is tiomhaidh, trom mo chridhe nochd,
’S mi ’m aonaran bochd leam féin;
Cha’n iarr mi tàmh, cha’n fhaigh mi lochd
Is mi fo sprochd an dùthaich chèin.

M’ athair-sa, cha’n’eil e beò,
Mo mhàthair chaomh cha’n’eil i ann:
Dh’ fhalbh mo cho-aoisean mar cheò,
A dh’ fhuadaichear le gaoth nam beann.

Dr TORMOID MACLEÒID.

Cha’n’eil dachaidh gun ghràdh ach mar chorp gun anam.

3. Tha *spéis* do chàch ’san teaghlach ’sa bheil

An Dachaidh

gràdh. Cha'n'eil ain-tighearnas, no gineachd, no leisg, no duairc, no rag-mhuinealas 'sa' leithid so de theaghlach. Iarraidh na h-uile leas chàich, agus bidh ro-chùram do'n anfhann is lag.

4. Bu chòir dhuinn a bhi *aoidheil* 'san dachaidh. Na bitheamaid dreamach ri chéile.

5. 'Se an *diadhachd* a ni an dachaidh as glòirmhoire. An dachaidh 'sa bheil Dia, a théid am muinntir gu tigh an Tighearna, anns a bheil "guth gairdeachais is slàinte fòs," is sin a dachaidh da-rìreadh. Anns an dachaidh so is e an t-athair an sagart, a' cur suas ùrnuigh gach là air altair an teaghlach. Is e mhòr thlachd a chlann a thogail "ann an oilean agus ann an teagasg an Tighearna". Dh' aindeoin cho bochd i tha i sona.

Mo bhothan beag lurach
Am fasgadh a' bhruthaich,
O! 's mise nach d' thugadh air stòras e
Ged gheibhinn-se saoibhreas,
Is tigh mòr na h-oighreachd,
Cha'n fhaighinn-se sonas tha chòmhnuidh ann.

'Nuair bhios mi bho'n bhaile,
S mi sgìth a tighinn dachaidh,
Mi fadalach, airsnealach, àonarach;
'Nuair ruigeas mi m' fhàrdach,
'Sa chì mi mo phàisdean,
Gach aon a' ruith ann am chòmhail dhiubh.

An Dachaidh

'S 'nuair dheàrrsas an t-Sabaid,
Le sìth is le sàmhchair,
Làn taing tha ar cridhe 'san uair sin,
Do'n Tì thug sinn sàbhailt
Roimh 'n t-seachduin a dh' fhàg sinn,
'Sa mhaitheas a ghnàth tha 'gar cuairteach'.

BÀRD LEDAIG.

EAGLAIS

Is e an eaglais céile, corp agus lànachd an Tì sin a tha lionadh na h-uile anns na h-uile. Uairean abrar eaglais ri buidhinn sluaigh, uairean abrar so ri comhthional sluaigh. Anns an t-seadh ma dheireadh so labhraidh sinn mu'n eaglais aig an àm so. Bu chòir a h-uile duine òg a bhi ceangailte ri comhthional agus a dhleasan a dheanamh co-cheangailte ris. Tha beatha a' chomhthonail air a toirt f'ar comhair ann an ceithir nithean sònraichte.

I. *Aoradh.* Tha aoradh follaiseach éiginneach do bhith na diadhachd. Na robh na h-eaglaisean dùinte Sàbaid an déigh Sabaid, agus nach robh daoine idir a' tional an ceann a chéile chum aoraidh, bhiodh e mur gu'n tràghadh tobar uisge a' bhaile mhòir. Bhiodh a' chrioch eagalach. Tha aoradh follaiseach a' neartachadh fairichean na diadhachd. Tha togalachd spioraid ann an comunn pobuill Dé 'san aoradh fhollaiseach. Os cinn na h-uile nì 'se an t-aoradh follaiseach an

Eaglais

cladhan tre bheil beannachdan sònraichte a' tighinn thugainn o Dhia. Ni "am fìor luchd-aoraidh aoradh do'n Athair ann an spiorad agus ann am fìrinn; oir a ta an t-Athair ag *iarraidh* an leithide so de luchd-aoraidh." Tha Dia ag iarraidh ar n-aoradh agus beannaichidh e dhuinn e. Dh' aithnich iad so gu bheil gealladh Chrìosd fhathas air a choimhlionadh: "Oir ge b'e àit a bheil dithis no trì air an cruinneachadh an ceann a chèile a'm' ainm-sa, a ta mise an sin 'nam meadhon."

II. *Teagasg*. Tha focal Dé air a' leughadh agus air a' shearmonachadh. Far a bheil comhthional tha, agus bu chòir, teagasg a bhi ann; oir 'se an searmonachadh so an aon teagasg a mhàin 'san diadhachd a tha mòran a' faotainn. Dh' easbhuidh so bhiodh iad a' smeurachd 'san dorchadas 'nan aonar. Agus anns na h-uile ath-leasachadh a bha 'san eaglais riamh bha searmonachadh an fhocail a' faotainn àit àrd, agus bheannaich Dia gu sònraichte so ann an iompachadh pheacach agus oideachadh a shluaigh.

III. *Co-chomunn Crìosduidh*. Tha am beag'sam mòr cruinn còmhla, le an laigsichean, am bròn, am feum, fo shùil Dhé, agus gun leth bhreth ann. Ach tha aoradh Dhé a' deanamh bann coitchionn eadar chreidmhich. Tha gach uile sheòrsa anns

Eaglais

gach uile thìr, dhe gach uile threubh, agus cainnt, aon là 'san t-seachduin, a' cur suas molaidh agus ùrnuigh aig cathair nan gràs.

IV. *Obair Chrìosduidh.* 'Se tha 'sna h-uile comhthional reisimeid de'n arm mhòr a tha cathachadh an aghaidh rioghachd an dorchadais. Tha e mar sin air iarraidh air a h-uile creutair a tha ann a bhi 'na cho-oibriche maille ri Crìosd; agus cha'n e a mhàin an slàinte fhéin oibreachadh a mach, ach oibreachadh chum slainte muinntir eile. "Obair dha na h-uile, agus na h-uile ag obair," a bu chòir a bhi aig a'h-uile comhthional. Amhairceam a nis, air dleasanasan a bhuineas do'n òigridh. 1. Bu chòir dhaibh, agus dhuinn uile a bhi fritheilteach air meadhonan nan gràs. Bu chòir dh'an duine òg a bhi so, air a sgàth fhéin, agus air sgàth muinntir eile, agus aoibhneas a bhi air a' dol suas gu tigh Dhé.

Nach milis mar cheòl e, nach bòidheach, nach binn
Guth chlag mhaduinn Dhomhnuich, nach sònraichte grinn?
Na fuinn tha ro àluinn' tha failteach' an lò
A bheannaich an t-Ard-Rìgh gu slàinte nan slògh.

Nach binn a' chruit-chiùil ud, nach rùnach gach ial,
An cridhe trom, brùite ag ùrnuigh ri Dia?
Nach taitneach mar cheòl e, nach bòidheach, snach caoin
Guth 'mholaidh, a shòlais, a dhòchais, a ghaoil?

Urr. DONNCHADH MACGILLEATHAIN.

Eaglais

Mur 'eil am meas so againn air an t-Sabaid agus a seirbheis bidh sinn 'sa' chunnart an call le chéile.

2. Bu chòir dha na h-uile neach a bhi deanamh a' bheagain as urrainn da. Is bochd an comharradh air comhthional e nach 'eil saoithreach ach am ministear san luchd-dreuchd, ach is bochda na sin e air muinntir a' chomhthionail. Tha aon dòigh anns am faod a' h-uile neach cuideachadh a dheanamh agus 'se sin a bhi toirt de ar cuid da aobhar mar tha an Tighearn a' soirbheachadh leinn.

3. Ann a bhi dìleas d'ar n-eaglais fhéin, bu chòir dhuinn gràdh a bhi againn do na bràithrean uile. Anns a' choitchionn cha'n'eil cus maith a' tighinn bho dhol bho eaglais gu eaglais. Fhad agus a tha an eaglais no comhthional d'am buin sinn a riarachadh ar feuman spioradail leanamaid ris. Ach ged is maith a bhi 'na do dheagh fhear-eaglais, is fheàrr gu mòr a bhi 'na do dheagh Chrìosduidh, ach a bhi an dithis is fheàrr uile.

AN SAOR-DHUINE

THA SO a' filleadh ann ar dleasnasan mar bhuill na stàta. Ciod i uime sin an stàta? Faodar an stàta a mhìneachadh mar *an teaghlach as mò*. 'Sann 'san teaghlach a ghabh an stàta a bun. Air tùs bha riaghladh na stàta mar riaghladh na teaghlaich, glè shimplidh. B'e an an t-athair a ceann agus riaghail e thairis oirre. Mar sin riaghail ceann na teaghlaich thairis air a chinne a bha mar theaghlach dha. Aig bàs a chinn so ròghnaich an cinne a mac no fear treun á measg gu bhi 'na cheannard orra an aghaidh an nàimhd-ean. Bho so thàinig an cinne gu bhi 'na rioghachd agus an ceannard gu bhi 'na rìgh. Tha riaghladh rioghachdan an t-saoghail eadar-dhealaichte bho chéile anns an tomhas anns a bheil cumhachd an rìgh no an cheannard ag eadar-dhealachadh. Tha Breituinn, is an Fhràing, is America eadar-dhealaichte 'san tomhas so. Do

An Saor-Dhuine

bhrigh so uile tha dleasnasan saor-dhaoine na stàta cosmhuil ri dleasnasan buill na teaghlaich.

I. *Tha dillseachd no gràdh-dùthcha ann.* Dh'aindeoin cho bochd an dachaidh is e dleasan na h-uile ball de'n teaghlach gràdh a bhi aca dhi. Tha so fìor mar an ceudna mu bhuill na stàta. Tha gràdh aig saor-dhuine na dùthcha dha dhùth-aich féin mar nach 'eil aige do dhùthaich sam bith eile. So a ghaoir ghoirt anns an do chuir am bàrd ainmeil Eobhan Maccolla an céill teas-ghràdh a chridhe da dhùthaich:—

O Albuinn ! 'n àm dusgadh
Thoir sgìùrsadh do d' nàimhdean,
Cò eil' ach an Gàidheal—
Na Gàidheil 's gach cruas !
An cuimhne leat gach cruaidh-chath
'S an d'fhuair iad buaidh-làraich.
'Sa nis bhi 'g am fògradh
Bho d'chòrsa, 'n e 'n duais ?
'Gam fògradh air sgàth
Barrachd màil ann am pòca
Nan triath air bheag nàir'
Dh' fhàg 'n a fasach tìr m' oige !
B'e cur eadar màthair
'Sa ceud leanabh boidheach.
B'e'n rùsg thoirt bho'n chraoibh
Bhi an éiginn dol uait !

Le gràdh-dùthcha mar gràdh “màthair da ceud

An Saor-Dhuine

leanabh bòidheach” dhòirt saor-dhaoine am fuil air iomadh blàr fuilteach, agus fo bhratach an dùthcha chathaich iad gu treun an saoradh agus an dìon an tìr mhàthrail.

2. *Tha ùmhlachd do lagh ann.* Mar is còir d'an mhac ùmhlachd a thoirt da phàrantan is amhuil sin is còir d'an t-saor-dhuine ùmhlachd a thoirt do laghan na rioghachd fhad 's nach 'eil iad mì-cheart. Ma tha na laghan eucorach ni e ni's urrainn da gu an ath-leasachadh no an cur às. Ars' an Sgrìobtuir:—Biodh gach anam ùmhal do na h-àrd-chumhachdaibh. Oir cha'n'eil cumhachd ann ach o Dhia: agus na cumhachdan a ta ann, is ann le Dia a dh'òrduicheadh iad. Air an aobhar sin ge b'e air bith a chuireas an aghaidh a' chumhachd, tha e cur an aghaidh òrdugh Dhé: agus iadsan a chuireas 'na aghaidh gheibh iad breitheanas dhaibh féin. Oir cha'n'eil uachdarain 'nan aobhar eagail do dheagh oibribh, ach do dhroch. . . . Uime sin is éiginn bhi ùmhal, cha'n ann a mhàin airson feirge, ach mar an ceudna airson coguis.”

3. *Is e dleasan an t-saoir-dhuine fhaicinn gu bheil na laghan reusonta agus ceart.* 'Nar tìr tha deanamh nan laghan an cumhachd an t-sluaigh, agus 'sann acasan tha riaghladh na dùthcha 'na'

An Saor-Dhuine

comas. Is e an dleasanais an cumhachd so a chleachdadh chum 's gu bi na laghan cothromach agus ceart eadar duine is duine. Faodaidh iad so a dheanamh le bhi ròghnachadh luchd-ionaid Parlamaid, agus is còir dhaibh a bhi cùramach gu'n tagh iad luchd-ionaid freagarrach chum laghan ceart a dheanamh cha'n'ann a mhàin am Parlamaid, ach am bòrdan sgoile agus a leithde sin. Cha chòir do neach sam bith seasamh air falbh bho an dleasanais so; air neadh tha e a' cur gu droch bhuil an tàland thug Dia dha chum a ghlóire Féin agus maith a thire.

4. *'Se dleasanais an t-saoir-dhuine pàirt a ghabhail anns gach nì tha sinn a' creidsinn tha chum maith ar dùthcha.* Faodaidh na h-uile ma's àill leò oidheirp a dheanamh air beachd fhallain altrum 'san tìr, agus strìth gu cuideachadh leis gach euchd a tha chum maith an t-sluaigh gu léir. Oir aig a' cheann thall am fear a tha leasachadh na dùthcha tha e 'ga leasachadh fhéin.

Cha'n'eil air fhàgail dhuinn a ràdh ach gu feum ar gràdh-dùthcha bun a bhi aige 'san diadhachd. Esan air a bheil eagal an Tighearna bheir e urram do'n rìgh, agus esan a bheir do Dhia "na nithean as le Dia," bheir e do Cheasar "na nithean as le Ceasar." Bheir e "do na h-uile an

An Saor-Dhuine

dlighe féin; càin dhasan d'an dlighear càin; cìs dhasan d'an dlighear cìs; eagal dhasan d'an dlighear eagal; agus urram dhasan d'an dlighear urram." Thig an diadhachd mar so gu bhi 'na neart stàta, agus "àrdaichidh fireantachd cinneach."

'S e Dia as tearmunn duinn gu beachd,
Ar spionnadh e 's ar treis:
An aimsir carraid agus teinn,
Ar cobhair e ro dheas.
Mar sin ged ghluaist' an talamh tròm,
Cha 'n aobhar eagail duinn:
Ged thilgeadh fòs na sléibhte mòr'
Am builsgein fairg' is tuinn.—*S. xlii. 1-2.*

Fa chùis an uamhais anns an oidhch'
Cha bhi ort geilt no sgàth;
No fòs fa chùis na saighde bhios
A' ruith air feadh an là:
Cha bhi maoin eagail ort roimh 'n phlàigh
Tha triall an dorchadas:
No fòs fa chùis an uilc a bhios
Mu mheadhon là ri sgrios.—*S. xli. 5-6.*

Is treise Dia ta chòmhnuidh shuas
Na fuaim nan uisge garbh';
Is treise Dia na sumainnean,
Is tonna cuain gu dearbh.—*S. xcii. 4.*

“**N** UAIR a rinn a’ Roinn-Eorp’ bagairt a’ dheanamh air na h-eileanan so, bhitheadh e ’na mhasladh air treubhantas mic fhoghainteach Bhreatuinn mur a d’ éirich iad mar aon duine a’ dhìon an dùthaich mhàthaireil. . . .

Oir tha araon ar Rìgh agus ar tìr ro-airidh air cathachadh as an leth, agus cha b’e ach an dubh-ghealtair nach doirteadh fhuil gu toileach air an sgáth. . . .

’N uair tha eud an t-saighdeir ’na theine le gràdh tìr’ is teach’, cha’n’eil crìochan aig dànachd a spioraid, agus cha’n’eil beart arma ris nach sìn e làmh. . . .

Is fìor rogha òigridh ar duthcha saor-shaighdeirean ar Rìgh, agus cha’n’eil an coimeas an arm tìr air bith. Bu choir “Tìr nam beann ’s nan gleann,” bhi na “Tìr nan gaisgeach.” . . .

’S ann le bhi gu cinnteach air taobh Chrìosd bhithear neo-sgàthach anns a’ chath. Bitheadh a Cheannard ’na chridhe agus cha bhi crìth ann an gàirdean an t-saighdeir. Na bitheadh crùbadh bho’n chòmhrag, oir tha beatha a’ Chrìosduidh tèaruinnt agus tha ’bhuaidh cinnteach. Roimh dha dhol ’s a’ chath tha bheatha ann an gleidheadh Dhé. Iadsan bheir buaidh troimh an Uan bithidh orra crùn na glòire, agus bithidh slainte naomhachd fhoirfe aca. Dhealaich iad ri ’n dòghruinn anns a’ bhuaidh, agus bithidh sonas bith-bhuan ’nan cridheachan agus aoibhneas sìorruidh air an cinn ’n uair a shiubhlas iad a stigh gu fois agus àrd-shonas agus glòir tigh an Athar.”

Dr Ceanaideach

bha’n Inbhir pheofharan.

X

